



IOMAIRT NA GÀIDHEALTACHD IS NAN EILEAN

# RO-INNLEACHD

2023-28



Highlands and Islands Enterprise  
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean

# CLÀR-INNSE

## CONTENTS

Dealbhan air an duilleig aghaidh C-D: Dealan-uisge Abhainn Nis, Gniomhan aig Acadamaidh Sgilean Saidheans, Gin Bad a' Chrò ga bhoitealadh agus luchd-baidhsagail aig Aonach Mòr.

Facal-tòisich leis a' chathraiche agus àrd-oifigear ... 3	Cuspairean a ghearras-tarsain..... 14	Na colbhan againn ..... 21
Grad-shùil air an sgìre againn..... 5	A' leabachadh cothromachadh-carboin..... 14	Daoine ..... 21
Facal-tòiseachaidh .....11	Fàs cothromach agus in-ghabhalach ..... 15	Àite ..... 23
Ar lèirsinn, adhbhar agus àrd-amasan ..... 12	Cothroman cruth-atharrachail roinneil ..... 16	Planaid..... 25
Am frèama ro-innleachdail againn ..... 13		Soirbheachas..... 27
		A' libhrigeadh ar ro-innleachd ..... 39
		Com-pàirteachas ..... 20
		A' tomhas agus a' coileanadh luach as fheàrr ..... 31
		Briathrachas..... 33



**FOREWORD BY  
CHAIR AND CHIEF EXECUTIVE**  
**FACAL-TOISICH BHON  
CHATHRAICHE IS  
ÀRD-OIFIGEAR**

It is no exaggeration to say that the next five years are set to present several once-in-a-generation opportunities for the Highlands and Islands.

These are prospects of a scale and potential to transform our region and make a lasting positive impact on Scotland's economy, often capitalising on our enviable natural assets and previous investments in world-class strategic infrastructure.

Our islands and coastal areas are already pivotal in developing Scotland's blue economy, including marine energy, biotechnology and aquaculture. Now, offshore wind energy leasing through the ScotWind and INTOG initiatives can be a powerful driver of further growth.

We are making significant progress in our aspiration to be an exemplar in climate action. We are providing a platform to grow the national space sector. And we remain committed to maximising the value of tourism, food and drink and creative industries both to our region and to Scotland.



**ALISTAIR DODDS CBE, Chair**

**STUART BLACK, Chief Executive**

At the same time, alongside our partners, we need to address the very serious challenges that constrain our economy and affect businesses and communities from Shetland to Argyll.

The high cost of living and doing business, housing, transport, digital connectivity, labour market constraints and slow population growth affect communities and businesses across the whole region, and especially those in our islands and more rural mainland areas. These issues can only be addressed through close working with our customers and stakeholders, our local authority partners and other public sector organisations, and with the support of government.

Ours is a resilient, innovative, ambitious region, with the potential to become a more dynamic economy that supports fair work and benefits all who live and work here and continues to contribute to Scotland's economic transformation.

This strategy sets out the role that HIE will play over the next five years to achieve that vision, drawing on our extensive experience over six decades. Guided by national policy, principally the National Strategy for Economic Transformation (NSET), it takes account of the leading role our region plays in developing sectors including energy, life sciences, creative industries, tourism, food and drink, and space. All of these are areas in which we are practising innovation and playing a pioneering role, often in partnership with others, to deliver actions that will enhance Scotland's prosperity and help achieve net zero emissions of greenhouse gases by 2045.

Critically, we have listened to our many partners and stakeholders, both national and local, and to our clients and customers among the region's businesses and communities.

These voices are vital to strengthen our understanding of the real issues affecting those who live and work here, and the role they expect us to play as an effective economic and community development agency that supports their ambitions and serves all parts of the Highlands and Islands.

# FACAL-TOISICH BHON CHATHRAICHE IS ÀRD-OIFIGEAR FOREWORD BY CHAIR AND CHIEF EXECUTIVE

Chan eil mi a' cur ris an fhìrinn ma chanas mi gu bheil an ath chòig bliadhna a' dol a thoirt cothroman dhan Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan nach fhaicear ach ainneamh.

Bheir iad sin seachad dùil air sgèile agus comas a nì cruth-atharrachadh air an roinn againn agus a bheir buaidh mhaireannach air eaconamaidh na h-Alba, glè thrì a' calpachadh air ar stòrasan nàdarra agus tasgaidhean a rinneadh roimhe ann am bun-structar ro-innleachdail aig ìre chruinneil.

Tha ar n-eileanan agus ar sgìrean oir-thìreach mar-thà aig teis meadhain leasachaidh air eaconamaidh gorm na h-Alba, a' gabhail a-steach cumhachd mara, bith-teicneòlas agus àiteachas-uisge. A-nis, faodaidh lìosadh air cumhachd gaoithe tro iomairtean ScotWind agus INTOG a bhith nan stiùir chumhachdach air tuilleadh fàis.

Tha sinn a' dèanamh adhartas cudromach nar n-amas air a bhith nar n-eisimpleir ann an gnìomhadh gnàth-shìde. Tha sinn a' solarachadh àrd-ùrlar gus fàs a thoirt air an roinn fànais nàiseanta. Agus tha sinn fhathast dealasach a thaobh an luach as àirde a thoirt à turasachd, biadh is deoch agus na gnìomhachsan cruthachail an dà chuid do ar sgìre agus do dh'Alba.

Aig an aon àm, còmhla ri ar com-pàirtichean, tha feum againn air dèiligeadh ris na dùbhlain mhòra a tha a' cuingealachadh ar n-eaconamaidh agus a' toirt buaidh air gnòthachasan is coimhearsnachdan bho Shealtainn gu Earra-Ghàidheal.



**ALASDAIR DODDS CBE**  
Cathraiche

**STIÙBHART MACILLEDHUIBH**  
Àrd-Oifigear

Tha cosgais àrd bith-beò agus dèanamh gnòthachais, taigheadas, còmh-dhail, co-cheangailteachd dhìdseatach, cuingealachdan margaid agus fàs mall air àireamh-sluaigh, a' toirt buaidh air coimhearsnachdan agus gnòthachasan air feadh na sgìre, agus gu h-àraid dhaibhsan nar n-eileanan agus sgìrean dùthchail air tìr-mòr. Cha ghabh dèiligeadh ris na cùisean sin ach a-mhàin tro dhlùth-obrachadh le ar custamairean agus luchd-ùidhe, ar com-pàirtichean sna h-ùghdarrasan ionadail agus buidhnean eile san roinn phoblaich, agus le taic bhon riaghaltas.

Tha an roinn againn fulangach, ùr-ghnàthach agus àrd-amasach, le comas air a bhith nar eaconamaidh tionngalach a tha a' cur taic ri obair chothromach agus a tha buannachdail do na h-uile a tha a' còmhnaidh agus ag obair an seo agus a' leantainn air adhart a' cur ri cruth-atharrachadh eaconamach na h-Alba.

Tha an ro-innleachd seo a' mìneachadh na dreuchd a bhios aig HIE thar nan còig bliadhna ri teachd gus an lèirsinn sin a choileanadh, a' tarraing air ar n-eòlas farsaing thar sia deicheadan. Air ar stiùireadh le poileasaidh nàiseanta, sa mòr-chuid leis an Ro-Innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach (NSET), tha e a' gabhail cunntas air a' phrìomh àite a tha an roinn againn a' gabhail ann an leasachadh raointean a' gabhail a-steach cumhachd,

saidheansan beatha, gnìomhachasan cruthachail, turasachd, biadh is deoch, agus fànais. Tha na raointean sin uile anns a bheil sinn a' cur an gnìomh ùr-ghnàthachas agus a' gabhail dreuchd thùsairiach, glè thrì ann an com-pàirteachas le càch, gus gnìomhan a libhrigeadh a neartaicheas soirbheachas na h-Alba agus a chuidicheas gus cothromachadh-carboin a thaobh eimiseanan gasaichean taigh-glainne a choileanadh ro 2045.

Gu deatamach, tha sinn air èisteachd ri ar mòran chom-pàirtichean agus luchd-ùidhe, an dà chuid aig ìre nàiseanta is ionadail, agus ri ar luchd-dèiligidh is custamairean am measg ghnothachasan is coimhearsnachdan na roinne.

Tha na guthan sin deatamach airson ar tuigse a neartachadh do na fìor chùisean a tha a' toirt buaidh orrasan a tha a' còmhnaidh agus ag obair an seo, agus an dreuchd a tha iad a' sùileachadh dhuinne a ghabhail mar bhuidheann leasachaidh èifeachdach coimhearsnachd agus eaconamach, a tha a' cur taic ri an amasan agus a' frithealadh gach ceàrn den Ghàidhealtachd is de na h-Eileanan.

# SÙIL AIR AR ROINN

## OUR REGION AT A GLANCE

### Cruinn-eòlas

Tha a' Ghaidhealtachd agus na h-Eileanan na sgìre mhòr, le sluagh sgapte gann a tha a' gabhail a-steach a' mhòr-chuid de sgìrean beanntach na h-Alba agus còrr is 90 eilean aig a bheil luchd-còmhnaidh. Ged as urrainn dùthchalachd agus iomallachd ana-cothrom adhbharachadh agus gu bheil cumadh-tìre a' cruthachadh dhuilgheadasan airson lìbhrigeadh chothroman, tha stòrasan àrainneachdail air leth na sgìre a' cruthachadh cothroman cruth-atharrachail leis a' chomas cur gu mòr ri àrd-amasan cothromachadh-carboin na h-Alba.

**51%** de thalamh na h-Alba (17% de thalamh na RA)

**72%** de thalamh dùthchail iomallach

**86%** de chosta na h-Alba (61% de chosta na RA)

Cha mhòr **50 eileanan** le sluagh nas lugha na **100 còig** le còrr is **5,000**

**12 neach** gach km ceàrnagach (Alba = 70)

**22%** a' fuireach ann an eilean

**22%** a' fuireach ann am bailtean mòra air tìr-mòr




Tha brat-bhoglach, an stòras carbon talmhaidh as motha ann an Alba, a' còmhdach faisg air cairteal (23%) de thalamh iomlan na sgìre.

### Àireamh-shluaigh

Tha fàs sluaigh air a bhith nas slaodaiche anns na bliadhnaichean mu dheireadh agus tha fàs iomlan a' falach structar sluaigh a tha a' fàs nas sine agus àiteachan anns a bheil crìonadh mòr. Tha seo a' cur ri dùbhlain na margaidh-obrach agus a' toirt buaidh air lìbhrigeadh sheirbheisean. A dh'aindeoin seo, tha barrachd deòin am measg dhaoine òga fuireach, tilleadh no gluasad dhan sgìre.

#### Àireamh-sluaigh thar ùine



**Dh'fhàs an àireamh-shluaigh 1.3%** eadar 2011 agus 2021 (Alba 3.4%)

**60%** den t-sluaigh aois 16-64 (Alba 64%)

**Chaidh an àireamh-shluaigh aig aois obrach sìos 3.2%** eadar 2011 agus 2021 (Alba fàs 0.2%)

**Dùil ri crìonadh sluaigh 5%** eadar 2018 agus 2043 (fàs 3% ann an Alba)

\*Tha ro-mheasaidhean sluaigh stèidhichte air treandaichean agus chan eil iad a' gabhail a-steach atharrachaidhean ann am poileasaidh no amasan leasachaidh.



Urras Oighreachd Ghabhsainn, Leòdhas, Na h-Eileanan Siar

## Coimhearsnachdan

Tha coimhearsnachdan làidir is tapaidh san sgìre, le ìrean àrda de riarachas agus de chom-pàrteachadh. Tha cultar, cànan agus dualchas beairteach na bhunait airson tarraing na sgìre.

Anns an sgìre tha

**99%** de thalamh na h-Alba fo shealbh coimhearsnachd agus  
**59%** de stòrasan a tha fo smachd na coimhearsnachd

Tha **88%** den luchd-còmhnaidh moiteil a bhith a' fuireach san sgìre ionadail aca, ag èirigh gu 94% ann an coimhearsnachdan eileanach

**33%** de dhaoine a tha a' fuireach ann an sgìrean dùthchail na h-Alba air obair shaor-thoileach a dhèanamh do bhuidheann no comann (26% ann an sgìrean bailteil)

Tha **88%** de dh'ìnbhich ann an Alba den bheachd gu bheil a' Ghàidhlig cudromach do dhualchas cultarail na Gàidhealtachd agus nan Eilean, agus 79% do dh'Alba san fharsaingeachd.

Ro-innleachd Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean 2023-28

## Margaidh agus sgilean obrach

Tha margaidh obrach aig an roinn a tha teann agus a' fàs nas teinne bho ìrean com-pàrteachaidh cunbhalach àrd agus ìre cion-cosnaidh ìosal. Chaidh seo a dhèanamh nas miosa anns na bliadhnan mu dheireadh le crìonadh-sluaigh aig aois obrach agus ìrean nas àirde de neo-ghnìomhachd eaconamach, air adhbharachadh le roghainnean dòigh-beatha am measg luchd-obrach nas sine às dèidh a' ghalair leir-sgaoilte. Tha gainnead luchd-obrach agus sgilean a' leantainn agus tha tuarastalan nas ìsle na a' chuibheasachd nàiseanta. Tha cosnadh san roinn phoblaich, fèin-chosnadh agus barrachd air aon chosnadh nas àirde na tha iad gu nàiseanta, gu sònraichte ann an sgìrean dùthchail. Tha dòighean-obrach ùra, cleachdaidhean obrach cothromach, agus cothroman roinneil a' tighinn am bàrr a' cruthachadh cothroman obrach le luach àrd agus a' toirt taic do dh'fhastadh is glèidheadh luchd-obrach.




AES Solar, Farraiss, Moireibh


### ÌRE FASTAIDH



### ÌRE NEO-GHNIOMHACHD EACONAMACH



### ÌRE A' CHION-CHOSNAIDH



Alba A' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan

Fastadh gu h-iomlan

**241,000**

Pàigheadh meadhanach bliadhnail de

**£25,862** (93% de phàigheadh meadhanach na h-Alba - £27,698)

**13.4%** ag obair ann an dreuchdan ciùird sgìleil (Alba 8.8%)

Chaidh **46%** de luchd-fàgail na sgoile a-steach a dh'obair agus chaidh

**46%** gu foghlam adhartach no àrd-ìre (Alba 32% agus 58%, 2021-22)

## Bunait gnìomhachais agus iomairt shòisealta

Tha gnìomhachasan agus iomairtean sòisealta ath-leumach a dh'aindeoin dùbhlain macro-eaconamach leantainneach, a' freagairt air feumalachdan ionadail agus a' cumail taic ri seasmhachd coimhearsnachd. Tha roinnean traidiseanta ag atharrachadh is a' fàs, tha roinnean ùra agus roinnean a tha a' tighinn am bàrr ag iomadachadh bunait a' gnìomhachais agus a' cruthachadh chothroman. Chan eil roinnean a tha a' tabhann nan ìrean cosnaidh nas àirde daonnan co-ionann ris an fheadhainn as motha a tha a' cur as motha ri GVA roinneil. Tha barrachd den obair iomairt shòisealta a-nis mar thoradh air barrachd sealbh air stòrasan coimhearsnachd agus tha seo a' cruthachadh chothroman ùra gus taic a thoirt do thogail beartas coimhearsnachd.

**22,530** de gnìomhachas clàraichte san roinn, 13% de na gnìomhachasan uile ann an Alba


**1,277** iomairtean sòisealta, 21% de dh'àireamh iomlan na h-Alba

Tha iomairtean Beaga is Meadhanach a' dèanamh suas **68%** de chosnadh san roinn phrìobhaidich (Alba 51%)

**26%** de luchd-fastaidh aig iomairtean Beaga agus Meadhanach ann an Alba dhùthchail air an stiùireadh le boireannaich (Alba 23%)

**57%** DE STIÙIRICHEAN IOMAIRTEAN SÒISEALTA NAM BOIREANNACH (Alba 48%)


### NA 8 ROINNEAN OBRACH AS MOTHA AGUS AN CUID DE GVA ROINNEIL\*



\*S iad na figearan ann an clò trom an fheadhainn a tha gu math nas àirde na airson Alba san fharsaingeachd

### NA PRÌOMH 6 MARGAIDHEAN AIRSON IOMAIRTEAN SÒISEALTA

(% de dh'iomairtean sòisealta ag obair anns gach margaidh)



**A' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan**

**Alba**

## Tionnsgalachd, ùr-ghnàthachadh agus tarbhachd

Tha spiorad tionnsgalach làidir ann, le iomairtean so-fhreagarraiche agus ùr-ghnàthach ag obair ann am farsaingeachd de mhargaidhean. Dh'fhaodadh buannachdan tarbhachd fhaighinn ann an dòigh nas fheàrr tro bhith a' gabhail ri teicneòlas barrachd agus tro thaic ùr-ghnàthachaidh nas cuimsichte. Tha dòighean-obrach ùra agus nas uaine a' neartachadh shèineachan-solair ionadail agus a' cruthachadh chothroman airson a bhith a' faighinn rudan bhon sgìre seach in-mhalairt.

### 51 iomairtean ùra

airson gach 10,000 neach aig aois obrach (Alba 54)

### 9.2% de dh'ìnbhich boireann

a' gabhail pàirt ann an gnìomhachd thionnsgalach aig ìre thràth (Alba 7.8%)

### 7.9 companaidhean le àrd ìre de dh'fhàs

airson gach 10,000 neach aig aois obrach (Alba 4.4)

GVA gach uair a thìde air obrachadh

### aig 95% de dh'ìre na h-Alba

2% den caiteachas gnìomhachais uile

air rannsachadh agus leasachadh ann an Alba

48% de ghnìomhachasan a' reic dhan chòrr den RA agus 28% gu h-eadar-nàiseanta

Tha às-mhalairt mar chuibhreann de GDP aig

26% (Alba 31%)

## Bun-structar

Tha tasgadh ann am bun-structair a' toirt taic an dà chuid do dh'fhàs eaconamach agus seasmhachd coimhearsnachd. Dìth ruigsinneachd air taigheadas iomchaidh agus air prìs reusanta, tha cùram-chloinne agus còmh-dhail a' cur bacadh air cosnadh, agus a' cur bacadh air tarraing agus glèidheadh sluaigh. Tha ceanglaichean fòn-làimhe is bann-leathann a' dol am feabhas, agus tha teicneòlas didseatach is eile deatamach gus aghaidh a chur air dùbhlain a thaobh iomallachd agus dùthchalachd fhathast gus neo-ionannachd roinneil a lùghdachadh.

Thuir 45% de ghnòthachasan gun robh gainnead àite-fuirich luchd-obrach

agus 42% dìth còmh-dhail na chunnart dhan luchd-obrach aca (22% agus 29% air feadh Alba dhùthchail air fad)

18% de thogalaichean anns an roinn màil shòisealta (Alba 23%)

Ged a tha 9% de dh'àiteachan còmh-naidh uile na h-ALBA san roinn, tha

41% de dhàrna dachaighean na h-ALBA san sgìre

Còrr is 60 slighean aiseig; 10 puirt-adhair roinneil agus 10 puirt-adhair aig ùghdarrasan ionadail

29.3 km de rathad airson gach 1,000 neach (Alba 10.4)

Tha bann-leathann fìor-luath (> 30 Mbps) aig 84% de thogalaichean

còmh-naidh agus gnìomhachais agus tha làn fibre aig 28% san togalach (Alba 97% agus 47%)



## Arcaibh

Sluagh: 22,540

- Leasachadh aig ìre na cruinne air roinn cumhachd na mara
- Is e Ionad Lùths Mara na h-Eòrpa a' chiad ionad deuchainn tonn is tìde-mhara san t-saoghal
- Tha iarrtas air maorich Arcach air feadh an t-saoghail, le 3,000 tunna ga chur air tìr gach bliadhna
- Àite taisbeanaidh airson a bhith a' dèanamh agus a' cleachdadh haidridean uaine agus nithean co-cheangailte ris
- Tha Port-adhair Kirkwall na dachaigh dhan iomairt Àrainneachd Deuchainn Seirbheisean Adhair Seasmhach (SATE) le taic bho Riaghaltas na RA
- Cothroman turasachd is dualchais tro Làrach Dhualchas na Cruinne aig UNESCO, Cridhe Arcaibh Linn Ùr na Cloiche, agus leudachadh ann an roinn nan turasan-mara

## Na h-Eileanan an Iar

Sluagh: 26,640

- Tha 50% den fhearann fo shealbh na coimhearsnachd, tha 83% den t-sluagh a' fuireach air fearann a tha leis a' choimhearsnachd
- Fàs ann an tuathanachas-uisge agus giullachd feamainn - an roinn mara as motha ann an Alba le 23% de raon na mara
- Leasachadh Port Steòrnabhagh
- Sgìre pileat àrdachadh-sluaigh
- An àireamh sa chiad as àirde de luchd-labhairt na Gàidhlig

## Loch Abar, An t-Eilean Sgitheanach agus Ros an Iar

Sluagh: 39,968

- Roinn turasachd làidir – An t-Eilean Sgitheanach/prìomh-bhaile a-muigh na RA
- Àrd-phlana àrd-amasach a' Ghearsdain 2040 airson fàs san àm ri teachd
- Tasgadh mòr R&D ann an àiteachas-uisge ann an Taobh Siar Rois
- Planaichean leasachaidh Port Chiseorn
- Sgeama dealan-uisge a tha san amharc aig Coire Glas

## Earra-Ghàidheal is na h-Eileanan

Sluagh: 66,309

- An àireamh as àirde de dh'eileanan anns a bheil daoine a' fuireach: 26
- Na dhachaigh do bhuidheann rannsachaidh mara, foghlaim agus gnìomhachais aig ìre na cruinne faisg air an Oban
- Barrachd stòrasan ann an seabh coimhearsnachd a' gabhail a-steach fearann, taigheadas, aonadan gnìomhachais agus bun-structair turasachd
- Prìomh roinnean ann an turasachd agus biadh is deoch le taighean-staile ainmeil air feadh an t-saoghail agus an t-Oban mar "prìomh-bhaile Bìadh-mara na h-Alba"
- Sgìre pileat àrdachadh-sluaigh
- Roinn cumhachd ath-nuadhachail làidir a' gabhail a-steach cumhachd na gaoithe air tìr agus dealan-uisge air a phumpadh.

## Sealtainn

Sluagh: 22,940

- Gnìomhachas biadh mara le luach £300m do dh'eaconamaidh Shealtainn
- Cothrom mòr an lùib cumhachd ath-nuadhachail agus di-choimiseanadh ola is gas
- SaxaVord Spaceport agus cothroman airson lainsichean, dàta, sgìlean agus turasachd
- Bun-structar cala aig an ìre as àirde agus goireasan uisge-domhainn gus seirbheisean a thoirt do ghrunn gnìomhachasan
- Stòrasan obrachaidh treas roinn làidir agus gnìomhach aig an treas roinn a tha a' libhrigeadh thachartasan le cliù air feadh an t-saoghail, leis an ìre as àirde de dh'obair shaor-thoileach ann an Alba
- Amharclann Eòin Fair Isle a tha ainmeil air feadh an t-saoghail

## Gallaibh agus Cataibh

Sluagh: 38,489

- Port-fànais Chataibh
- Dachaigh a' chiad geo-phàirc Eòrpach ann an Alba
- Tha sgìlean àrd-luach ann an cumhachd niucleasach agus di-choimiseanadh na phrìomh stòras.
- Na Flobhachan, leis a' chòigeamh cuid de bhrat-bhoglach na nàisein, an stòr carboin as motha ann an Alba air tìr.
- Sgìre pileat àrdachadh-sluaigh
- Calachan Inbhir Ùige agus Sgrabstal - prìomh ghoireasan a' cumail taic ris a' ghluasad gu cothromachadh-carboin

## Moireibh

Sluagh: 96,410

- Tha saothrachadh a' cur gu mòr ri GVA na sgìre, le 6,000 ag obair ann
- Na dhachaigh do chòrr is an dàrna leth de thaighean-staile na h-Alba
- So-maoinean ùra san amharc gus taic a thoirt do dh'adhar-fhànas, teicneòlas adhartach, saothrachadh agus ùr-ghnàthachadh
- Leudachadh Orbex gus taic a thoirt do dh'fhàs san roinn fhànais ann an Alba
- Cala Bhucaidh- fàs dùthchasach, ruith agus stiùireadh cumhachd na gaoithe aig muir agus cothroman eaconamach airson haidridean
- Ceudad àrd de chòmhdach coilltearachd - 33% den talamh iomlan an taca ris a' chuibheasachd nàiseanta de 18%


## Linne Mhoireibh a-staigh

Sluagh: 159,585

- Cuiridh sònrachadh Inbhir Nis is Linne Chrombaigh mar saor-phuirt uaine an gluasad gu cothromachadh-carboin air adhart.
- Margaidh turasan-mara làidir agus àiteachan tarraingeach a tha ainmeil air feadh an t-saoghail a' gabhail a-steach Loch Nis, Pàirc Nàiseanta a' Mhonaich Ruaidh agus leasachadh aig Caisteal Inbhir Nis san àm ri teachd
- A' toirt fàs air roinnean saidheansan beatha agus teicneòlas
- Àrainn Inbhir Nis le stòrasan ùr-ghnàthachaidh cudromach a' gabhail a-steach Ionad Ùr-ghnàthachaidh nan Saidheansan Beatha agus an t-Ionad Ùr-ghnàthachaidh Dùthchail is Lighichean-sprèidh
- Pàirc Gnìomhachais Port-adhair Inbhir Nis le còrr is 200 acaire ri leasachadh

# ADHBHARAN AIRSON ATHARRACHADH

## DRIVERS OF CHANGE



Tha greisean de dh'fhàs luath air a bhith aig an sgìre mar thoradh air adhbharan atharrachaidh eachdraidheil. Chan eil na dràibhearan làithreach a' dol an aghaidh a chèile – còmhla, tha iad a' toirt dhuinn cothroman ùra agus cuideachd cunnartan dham feum sinn planadh agus lasachaidhean a chur air dòigh gus barrachd fàs a tha seasmhach a choileanadh. Bidh catailistean airson leasachadh ag atharrachadh ach tha feartan deatamach ann a tha fhathast leantainneach, a' gabhail a-steach feum air: sluagh cothromach; sgioba-obrach sgileil a tha a' fàs agus comasach air feumalachdan làithreach agus san àm ri teachd a choileanadh; coimhearsnachdan ath-leumach agus le cumhachd; bunait eaconamach air iomadachadh, a bheir seachad deagh chothroman cosnaidh; tasgadh bun-structair seasmhach gus cothroman a thoirt seachad; agus a bhith a' cleachdadh teicneòlas gus dèiligeadh ri ana-cothrom agus gus farpaiseachd a mheudachadh.

1965



A' stèidheachadh Bord Leasachaidh na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIDE)

1975



Ath-leasachadh Riaghaltais ionadail

1970an



Ola a' Chuain a Tuath

1970an/80an/90an



Ag ùrachadh bun-structair na còmhdhail

1980an/90an/00an



Ùrachadh a' bhun-structair tele-chonaltradh



Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean

2010an



Lùths Ath-nuadhachail far tìr

2020-30an



Cothromachadh-carboin

## Mar a' bhuidheann leasachaidh eaconamach is coimhearsnachd airson na Gàidhealtachd is nan Eilean, tha HIE àrd-amasach airson gach ceàrnaidh den sgìre againn.

Bha dùbhlain riamh mu choinneamh na pàirt seo de dh'Alba

agus tha seo fhathast fìor an-diugh. Air an làimh eile, ge-tà, is dòcha nach robh an ìre de cothroman ann riamh gus an eaconamaidh a neartachadh. Tha an ro-innleachd seo ag amas an dà chuid air dèiligeadh ri feumalachdan ghnìomhachasan agus choimhearsnachdan ionadail, agus a bhith a' dèanamh feum air ar calpa nàdarra agus stòrasan eile gus fàs a bhrosnachadh ann an eaconamaidh sunnd a bhrosnaicheas obair chothromach agus eadar-ghluasad cothromach gu cothromachadh-carboin airson sgìre a tha a' cur gu mòr ri adhartas na h-Alba.

Anns na bliadhnaichean mu dheireadh tha sreath de dh'èiginnean eaconamach air a bhith ann, a tha air tighnn gu ìre leis an èiginn cosgais bith-beò làithreach a tha a' toirt buaidh air a h-uile duine a tha a' fuireach agus ag obair ann an Alba, agus a tha gu sònraichte dona ann an coimhearsnachdan is gnìomhachasan eileanach agus dùthchail air tìr-mòr. A bharrachd air sin, thathar a-nis a' faireachdainn buaidh èiginn na gnàth-shìde agus na h-èiginn eag-eòlasach air feadh na sgìre. Ged a tha sin ag aithneachadh agus toirt aghaidh air na dùbhlain seo, tha sinn fhathast dàna agus àrd-amasach leis na planaichean againn dhan sgìre againn, agus le deagh adhbhar.

Tha a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan air thoiseach

ann an roinnean an ìre mhath òg a tha ro-chudromach do chruth-atharrachadh eaconamach na h-Alba, a' gabhail a-steach lùths, saidheansan beatha agus àite. A cheart cho cudromach, tha cothrom fhathast aig gnìomhachasan nas traidiseanta leithid turasachd, biadh is deoch, agus gnìomhachasan airson barrachd fàis tro ùr-ghnàthachadh.

Sin as adhbhar gu bheil sinn den bheachd gum feum HIE agus ar com-pàirtichean cumail orra le bhith dàna agus àrd-amasach nar sealladh agus nar gnìomhan, le miann làidir a bhith a' gabhail chunnartan ciallach gus na buannachdan as motha a libhrigeadh bho ar tasgaidhean. Anns an àrainneachd fhiosgail theann a th' ann an-dràsta, tha an dòigh-obrach seo a cheart cho iomchaidh airson a bhith a' coileanadh nam buannachdan bho thasgaidhean roimhe seo – leithid an fheadhainn a rinn sinn gus togalaichean gnìomhachais, pàircean iomairt, puirt is calachan, stòrasan coimhearsnachd agus ùr-ghnàthachadh gnìomhachais a thoirt air adhart – 's a tha e do pròiseactan gu tur ùr.

Tha Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (OGE) na shàr eisimpleir eile de thasgadh eachdraidheil bho HIE agus buidhnean eile a bhios a' leantainn air adhart a' gabhail pàirt mhòr ann a bhith a' toirt seachad sgilean do dhaoine òga is eile agus a' cumail agus a' tàladh sluagh ann an sgìrean ionadail air feadh na roinne.

Bidh libhrigeadh nan àrd-amasan a tha air an cur air adhart san ro-innleachd seo a' crochadh air dealas, eòlas agus sealladh deimhinneach luchd-gnìomhachais agus stiùirichean coimhearsnachd na sgìre, agus ar luchd-obrach, a tha air sealltainn uair is uair gu bheil iad comasach air dèiligeadh ris na dùbhlain. Bidh co-obrachadh làidir thar bhuidhnean poblach agus an riaghaltais a dhìth cuideachd, an dà chuid gus pròiseactan fa leth adhartachadh agus tasgadh a thàladh, agus a bhith ag obair ann an com-pàirt gus amasan co-roinnte a libhrigeadh tro leithid cùmhnantan fàis, an Com-pàirteachas Eaconamach Roinneil agus Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Bidh fàs-sluaigh, solar luchd-obrach agus leasachaidhean

deatamach air a' bhun-structar agus seirbheisean comasachaidh nam prìomh raointean fòcais aig HIE agus aig na com-pàirtichean againn. Tha ar coimhearsnachdan agus gnìomhachasan eileanach gu sònraichte gu tur an urra ri deagh cheanglaichean agus chan urrainn dhaibh soirbheachadh às aonais nan leasachaidhean sin.

Tha a bhith a' togail eaconamaidh sunnd aig cridhe na ro-innleachd seo. Gus seo a choileanadh feumar gabhail ri togail beartas coimhearsnachd; piseach a thoirt air cothroman agus a bhith a' lùghdachadh neo-ionannachd; dèiligeadh ri bochdainn tro obraichean le deagh phàigheadh; a' leantainn air adhart a' leudachadh agus a' stèidheachadh obair chothromach agus a' toirt taic do dh'fhàs in-ghabalach. Tha ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig a' cruthachadh barrachd comais gus beartas a chruthachadh ann am pàirtean den sgìre againn agus gus àrdachadh a thoirt air seasmhachd nan coimhearsnachdan Gàidhlig againn. Tha eadar-ghluasad cothromach gu cothromachadh-carboin cuideachd a' tabhann chothroman mòra gus dèiligeadh ri bochdainn connaidh agus gus ath-leumachd coimhearsnachd a neartachadh.

Bha aig HIE ri bhith sùbailte agus freagairteach mar thoradh air na dùbhlain sna beagan bhliadhnaichean mu dheireadh. Tha an RA a bhith a' fàgail an AE agus galar lèir-sgaoilte Covid air droch bhuaidh mhaireannach a thoirt agus tha iad fhathast a' toirt buaidh air an eaconamaidh againn. Ach, tha an fhreagairt sgìreil air cuid de na feartan as fheàrr againn mar sgìre, a thoirt am follais, a' gabhail a-steach barrachd ùr-ghnàthachaidh agus com-pàirteachais, dòigh-obrach tionnsgalach làidir agus spiorad coimhearsnachd. Tha an sgìre air a bhith na co-obraiche làidir eadar-nàiseanta agus feumaidh sinn cumail oirnn a' coimhead a-mach agus a' brosnachadh nan iomairtean againn gus cothroman margaidh ùra agus ceanglaichean cruinneil a shireadh.

Bidh na feartan sin uile a' cur HIE agus gnìomhachasan agus coimhearsnachdan na Gàidhealtachd agus nan Eilean ann an deagh shuidheachadh agus sinn a' dol air adhart gus dèiligeadh ris an dà chuid dùbhlain agus cothroman nan còig bliadhna ri teachd.

# LÈIRSINN, ADHBHAR IS ÀRD-AMASAN

## VISION, PURPOSE AND AMBITIONS

Tha an ro-innleachd còig bliadhna againn a' toirt cunntas air ar lèirsinn agus ar n-àrd-amasan fad-ùine airson na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus air na builean a bhios sinn ag obair gus coileanadh.

### AN LÈIRSINN:

Tha a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan na phrìomh roinn cothromachadh-carboin le eaconamaidh sunnd bheothail, a tha buannachdail airson a slugh a tha a' fàs, agus a tha a' cur gu luachmhor ri Alba

### AR N-ADHBHAR:

Tog agus cùm suas sgìre nas uaine, nas cothromaiche agus nas seasmhaiche a bhios buannachdail dhan h-uile duine.

### AIR A LÌBHRIGEDH TRO THASGADH ANN AN:

Daoine

Àite

Planaid

Soirbheachas

### GUS PRÌOMH BHUILEAN A CHOILEANADH

Cothromachadh sluaigh nas fheàrr agus feachd-obrach sgileil a tha a' fàs

Fàs ann an tuarastal cuibheasach

Fàs ann am buannachd eaconamach is coimhearsnachd bhon ghluasad gu cothromachadh-carboin

Meudachadh ann an tarbhachd agus ùr-ghnàthachadh

### A' CLEACHDADH NAN INNEALAN AGAINN

Daoine

Com-pàirteachas

Stòrasan

Tasgadh

Fianais

### NÌ NA PRIONNSAPALAN STIÙIRIDH AGAINN CINNTEACH GU BHEIL SINN:

A' libhrigeadh airson gach pàirt den sgìre againn

Dàna is àrd-amasach

Nar Com-pàirtiche làidir agus luachmhor

A' cur a' chustamair aig a' chridhe

Air ar dràibheadh le obair chothromach agus cothromachadh-carboin

Tapaidh, tionnsgalach agus sùbailte

Tèaman a ghearras tarsainn air cuspairean

Cothroman cruth-atharrachail roinneil

Daoine



- Comas stiùiridh agus ceannais ann an iomairtean agus coimhearsnachdan
- Cultar agus dòigh-smaoineachaidh tionnsgalach
- A' tàladh tàlant agus fàs-sluaigh
- Leasachadh sgilean agus co-òrdanachadh

Àite



- Planadh agus leasachadh ro-innleachdail stèidhichte air àite
- Bun-structair gnìomhachais agus ùr-ghnàthachaidh
- Ath-leumachd coimhearsnachd
- A' togail beartas coimhearsnachd
- Thoir piseach air ceanglaichean
- Iarrtas agus solar taigheadais
- Tasgadh a-staigh

Planaid



- Bunait fianais cothromachadh-carboin
- Mothachadh agus gabhail ris an eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin
- Tha togail beartas coimhearsnachd a' faighinn buannachd bho chothromachadh-carboin
- Leasachadh lùths ath-nuadhachail
- Haidridean
- Còmhhdail sheasmhach agus dì-charbonachadh còmhhdail
- Ath-leumachd agus freagarrachadh

Soirbheachas



- Leasachadh roinneil
- Comas agus comas-libhrigich tionnsgalach
- Saothrachadh adhartach agus gabhail ri teicneòlas / nithean didseatach
- Ùr-ghnàthachadh sòisealta
- Ùr-ghnàthachadh
- Malairt, tasgadh a-staigh agus a-muigh
- Eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin
- Leasachadh sèine-solair
- Lionraidhean, co-obrachaidhean agus cruinneachaidhean

Fàs cothromach agus in-ghabhalach

Amasan Ro-innleachdail

1. Tha cothromachadh sluaigh nas fheàrr agus nas sgaapte agus feachd-obrach nas motha aig aois obrach agus feachd-obrach sgileil force
2. Comas riaghlaidh agus ceannardais agus cultar tionnsgalach làidir freumhaichte nar gnìomhachasan agus coimhearsnachdan

1. Tha buannachdan roinneil air leth gan cleachdadh gus tàlant a thàladh, roinnean a leasachadh agus tasgadh a bhrosnachadh
2. Tha coimhearsnachdan nas seasmhaiche agus air an neartachadh tro bhith a' togail beartas ionadail
3. Tha cothromachd roinneil air a leasachadh tro bhith a' comasachadh bun-structair agus eadar-theachdan cuimsichte

1. Tha an roinn air aithneachadh barrachd, agus tha luach ga cur ann, mar deagh eisimpleir airson cumhachd ath-nuadhachail agus airson ùr-ghnàthachadh beag-carboin.
2. Thathar a' tuigsinn an luach agus nan cothroman a tha an lùib stòrasan nàdarra na sgìre agus tha iad nam meadhan airson tasgadh sòisealta is ionmhais
3. Tha an roinn agus na coimhearsnachdan aige air gabhail ris an eadar-ghluasad cothromach gu cothromachadh-carboin agus tha iad air a luathachadh agus tha iad a' fàs nas ath-leumaiche

1. Tha barrachd iomairtean agus coimhearsnachdan ùr-ghnàthach agus comasach air atharrachadh agus feum a dhèanamh de chothroman agus bho bhith a' gluasad gu cothromachadh-carboin, a' cur ri tarbhachd agus ri sunnd
2. Tha a' bhunait eaconamach air iomadachadh, air a neartachadh agus nas seasmhaiche ri buillean eaconamach agus atharrachadh teicneòlach,

Cothromachadh-carboin

Gnìomhachasan agus Roinnean Tarbhach

Daoine agus cultar tionnsgalach agus / Sgioba-obrach Sgileil

Cothroman Margaidh Ùra / Comann-sòisealta nas cothromaiche agus nas co-ionainne

Cothroman Margaidh Ùra / Comann-sòisealta nas cothromaiche agus nas co-ionainne

Cothroman Margaidh Ùra / Daoine agus Cultar Tionnsgalach / Comann nas Cothromaiche agus nas Co-ionainne

Co-thrachadh NSET

Prionnsabalan stiùiridh agus poileasaidhean taice

## CUSPAIREAN A GHEARRAS TARSAINN

### CROSS-CUTTING THEMES

Tha na cuspairean tar-ghearrach: cothromachadh-carboin, fàs cothromach agus in-ghabhalach, agus cothroman cruth-atharrachail sgèireil a' ruith tron fhrèama againn air fad. Tha iad sin nam prìomh amasan ro-innleachdail airson HIE agus dhan sgìre a thaobh dè tha air a libhrigeadh is ciamar. Airson gach colbh den fhrèama againn, tha cothrom ann chan ann a-mhàin luach a bharrachd fhaighinn ach cuideachd gus dèanamh cinnteach gu bheil na cuspairean deatamach sin freumhaichte agus gu bheil ar lèirsinn air a choileanadh.

#### A' LEABACHADH COTHROMACHADH-CARBOIN

Tha an roinn na h-eisimpleir eadar-nàiseanta mar-thà a thaobh cumhachd ath-nuadhachail agus, le ar stòrasan nàdarra air leth a tha air a mhìneachadh san ro-innleachd seo, cuiridh i gu mòr ri àrd-amasan atharrachadh gnàth-shìde Riaghaltas na h-Alba. Tha a bhith a' gabhail gnìomh air a' ghnàth-shìde agus a' dèanamh cinnteach gun faigh an sgìre buannachdan eaconamach is coimhearsnachd bho eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin na phrìomhachas. Tha sinn ag aithneachadh gum bu chòir seo a choileanadh chan ann a-mhàin tro dè agus mar a bhios sinn ag amas air taic, ach mar a bhios sinn ag obair.

A' cleachdadh dòigh-obrach stèidhichte air fianais, air a cur air adhart le dàta gus cothromachadh-carboin a leabachadh anns ann obair uile againn, nì sinn na leanas:

- Meudaich comas HIE a bhith an sàs gu for-ghnìomhach anns an èiginn gnàth-shìde agus eag-eòlais tro bhith a' libhrigeadh prògram trèanaidh litearrachd gnàth-shìde dhan luchd-obrach againn.
- Cuir ris an eòlas agus ri ar tuigse mu ar lorg carboin roinneil tro bhith a' dèanamh clàr bunaiteach roinneil de dh'èimiseanan gas an taigh-glainne
- Dèan lèirmheas air na tha an sgìre a' cur ris an t-suidheachadh an-dràsta agus a dh'fhaodadh i cur ris san am ri teachd agus cruthaich measadh air cothroman agus plana gnìomh
- Ùraich ar bun-loidhne carboin is chosgaisean airson HIE agus suidhich ceann-latha targaid airson cothromachadh-carboin
- Thoir a-steach cumhachan a thaobh cothromachadh-carboin gu taic HIE (agus riaghladh agus trèanadh air an taobh a-staigh gus dèanamh cinnteach gu bheil seo làidir agus air a libhrigeadh gu soirbheachail)
- Dèan pròifil air cliantan air Fàradh Cothromachadh-carboin aig HIE (inneal airson bun-loidhnichean a stèidheachadh agus gus sùil a chumail air adhartas) agus cùm taic ri bhith a' cruthachadh phlanaichean gnìomh cothromachadh-carboin
- Leasaich ar modh measaidh carboin, cuir ceumannan cothromachadh-carboin an gnìomh agus suidhich targaidean gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' prìomhachadh gnìomhan agus a' cumail sùil air adhartas
- Gluais na togalaichean againn bho chonnadh fosail gu tùsan cumhachd ath-nuadhachail
- Cleachd ar stòrasan fhèin, dòighean-obrach pileat agus eòlas gus taisbeanadh agus gus ionnsachadh gus gnìomhachasan agus coimhearsnachdan a chuideachadh leis an t-slighe gu cothromachadh-carboin

Tron fhrèama againn, feuchaidh sinn ri gach cothrom a chleachdadh gus mothachadh àrdachadh agus gus taic a thoirt do bhuileachadh eadar-theachdan buntainneach thar gach colbh gus gluasad na sgìre gu cothromachadh-carboin agus na cothroman cruth-atharrachail againn a thoirt gu buil.

Lùghdachadh **23%** ann an eimiseanan gasaichean taigh-ghlainne eadar 2005 agus 2019 (Alba sìos 35%)

Tha **70%** de ghnìomhachasan san sgìre a' lùghdachadh an eimiseanan carboin mar-thà no a' planadh gus sin a dhèanamh

Tha **34%** den chomas-libhrigidh airson cumhachd ath-nuadhachail a tha stàlaichte ann an Alba air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan, 9% de dh'fhigear iomlan na RA

## FÀS COTHROMACH AGUS IN-GHABHALACH

Chuir HIE teachdaireachd shoilleir an cèill ann an 2022 gun robh sinn làn dhealasach a thaobh a bhith a' leabachadh obair chothromach le bhith air aon de na ciad bhuidhnean san roinn phoblaich ann an Alba a chuir cumhachan obrach chothromach iomlan an sàs ann an taic ionmhais. Tha na buannachdan soilleir: tha a bhith a' gabhail ri obair chothromach, a' dèiligeadh ri neo-ionannachdan agus a' tasgadh ann an ùr-ghnàthachadh san àite-obrach a' cur ri glèidheadh agus sunnd luchd-obrach agus a' cur gu dìreach ri tarbhachd agus ath-leumachd.

Tha fianais làidir ann gu bheil co-dhàimh eadar iomallachd, gnàth-eòlasan sòisio-eaconamach, fàs eaconamach agus sunnd. Gu tric chan eilear a' tuigsinn ana-cothrom dùthchail agus sgìreil. Tha feum air barrachd dàta, dàta nas sùbailte, le dìon dùthchail agus gus ana-cothrom dùthchail agus roinneil a chlàradh gus taic a chumail ri poileasaidh agus libhrigeadh. Mar as trice tha tuarastalan nas ìsle agus tha cosgaisean nas àirde, agus tha daoine nas buailtiche a bhith ag obair ann an ioma obraichean no ann an cosnadh pàirt-ùine, agus tha cosgaisean bith-beò mòra a bharrachd ann, gu sònraichte cosgaisean còmhhdail is connaidh. Ag aithneachadh gu bheil eadar-dhealachaidhean taobh a-staigh na roinne, feumaidh sinn ruigsinneachd air cothroman àrdachadh, feuchainn ri cnapan-starra a thoirt air falbh, agus taic a thoirt do chom-pàirteachadh agus fàs. Bidh gabhail ri togail beartas coimhearsnachd deatamach gus fàs nas cothromaiche agus nas in-ghabhalaiche a choileanadh tro bhith a' cruthachadh dòigh-obrach le barrachd fòcais air daoine agus coimhearsnachd a bheir prìomhachas do shunnd agus ri bhith a' cumail beartas anns na coimhearsnachdan air feadh na sgìre againn.

Bheir sinn aghaidh air bochdainn, neo-ionannachd agus fàs in-ghabhalach tro bhith a' fàs eaconamaidh sunnd agus a' luathachadh togail beartas coimhearsnachd thar ar colbhan gu lèir:

- A' toirt taic do eadar-theachdan a chruthaicheas pàigheadh nas àirde, cosnadh chothromach agus a dh'àrdaicheas tuarastal cuibheasach san sgìre
- A' cruthachadh plana gnìomh togail beartas coimhearsnachd, agus a' brosnachadh agus a' toirt taic do thogail beartas coimhearsnachd tro bhith ag àrdachadh mothachadh agus eòlas; a' leasachadh comas-libhrigidh agus misneachd; a' toirt taic do mhodalan seilbh in-ghabhalach, agus a' toirt piseach air ruigsinneachd air tasgadh; agus a' sireadh buannachd coimhearsnachd bhon t-solar againn
- A' leabachadh obair chothromach agus co-ionannachd san libhrigeadh agus sa ghniomhachd againn
- A' tasgadh ann an daoine - comas-libhrigidh, comas, tionnsgalachd, ceannardas, obair shaor-thoileach, ùr-ghnàthachadh
- A' gabhail os làimh leasachadh stèidhichte air àite agus a' cruthachadh taic shònraichte gus coinneachadh ri feumalachdan na sgìre againn
- A' cumail taic ri eadar-theachdan gus daoine òga a thàladh dhan sgìre agus a chumail ann
- A' meudachadh ruigsinneachd tro bhith a' cleachdadh innealan agus taic didseatach
- Barrachd cuimseachadh cruinn-eòlasach air sgìrean fo ana-cothrom agus barrachd eadar-theachdan a bheir taic do luchd-tionnsgain boireann agus do dhaoine òga, ag atharrachadh nan slatan-tomhais againn gus iarrtas a bhrosnachadh far a bheil feum air sin
- A' cur ris a' bhunait fianais gus dèanamh cinnteach gu bheil tuigse mhath air feumalachdan agus dùbhlain na sgìre agus gun urrainn dhaibh buaidh a thoirt air poileasaidh agus tasgadh gu h-èifeachdach
- A' leudachadh ar ceumannan agus a' cur an gnìomh dòighean-obrach ùra gus sùil a chumail air agus airson a bhith a' measadh na tha sinn a' cur ris an eaconamaidh sunnd agus gus taic a chumail ri bhith a' prìomhasachadh ghoireasan

## DÙBHLAIN ROINNEIL

**Bidh ana-cothrom structarail, cosgaisean bith-beò nas àirde agus teachd a-steach nas ìsle na a' chuibheasachd, gu sònraichte ann an sgìrean dùthchail agus eileanach, a' cur ri bochdainn dùthchail iom-fhillte. Còmhla ri seo, tha neo-ionannachdan fhathast ann a thaobh ruigsinneachd air seirbheisean.**

Tha cosgaisean bith-beò as ìsle **15-30%** nas àirde do dhachaighean ann an Alba dùthchail iomallach na ann an sgìrean bailteil na RA

**17%** de chloinn aois 0-15 a' fuireach ann an teaghlaichean le teachd-a-steach ìosal (Alba 19%)

## THA NA H-ÌREAN AS ÀIRDE DE BHOCHDAINN CONNAIDH

agus fìor bochdainn connaidh ann an Alba ann an sgìrean ùghdarrasan ionadail air feadh na roinne

Chaidh comharrachadh gun robh timcheall air cairteal de na sònaichean dàta ann an **ARD-CHUNNART BHO BHOCHDAINN CÒMHDHAIL** air a' Ghàidhealtachd is anns na h-Eileanan (tha 9% de na sònaichean dàta uile san sgìre)

Tha **49%** de shluagh na sgìre a' fuireach anns an 20% de na sgìrean as bochda ann an Alba a thaobh ruigsinneachd air seirbheisean

## COTHROMAN CRUTH-ATHARRACHAIL ROINNEIL

Daonnan adhartach, daonnan lèirsinneach, tha HIE agus Bòrd Leasachaidh na Gàidhealtachd is nan Eilean, air gabhail ri cothroman sgìreil. Tha seo follaiseach ann am fàs roinn a' chumhachd, leis a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan cliùiteach airson teicneòlas agus ùr-ghnàthachadh aig ìre na cruinne. Bhon lionra de stèiseanan cumhachd dealan-uisge a chaidh a thogail às dèidh a' chogaidh, gu siostam stòraidh pumpaichean a chaidh a thogail ann an Cruachan; reactair niùclasach luath-brìodachaidh ann an Dùnrath; togail àrd-ùrlaran ola is gas a mhaireadh ann an àrainneachd chruaidh a' Chuain a Tuath; a' chiad ionad deuchainn tonn is tìde-mara ceangailte ris a' ghriod aig EMEC ann an Arcaibh; gu sgèileadh suas cumhachd na gaoithe air tìr agus aig muir, tha a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan air a bhith air thoiseach air càch gu cunbhalach.

Tha sinn a' cumail oirnn a' cur fòcas air na buannachdan gun samhail a tha ag èirigh bho ar stòrasan nàdarra agus togte a tha air fàs a chruthachadh agus air coimhearsnachdan a chumail suas. Tha na h-eileanan againn gu sònraichte a' cur ri cho suaicheanta 's a tha sinn, a' suidheachadh na sgìre air leth bhon chòrr de dh'Alba agus den RA, le faisg

air dà thrian de chosta na RA agus cothrom air goireasan air leth. Tha ar dualchas is ar cultar beairteach, a' Ghàidhlig agus an àrainneachd àrd-inbhe air brosnachadh a thoirt do chinn-uidhe turasachd, bidh is dighe agus gnìomhachasan cruthachail soirbheachail aig ìre na cruinne.

Tro Cho-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, chaidh cothroman cruth-atharrachaidh roinneil a chomharrachadh le com-pàirtichean roinneil mar na cothroman a bheireadh a' bhuidh a bu mhotha. Bha iad sin stèidhichte air feartan aontaichte bho bhith a' libhrigeadh atharrachaidhean soilleir agus susbainteach seach atharrachadh mean air mhean; a' cur feum air dòigh-obrach stèidhichte air siostaman tro bharrachd chom-pàirteachas ionadail, roinneil agus nàiseanta; agus a' libhrigeadh buaidhean mòra agus tar-ghearrach air feadh na roinne. Tha comas aca uile cur gu mòr ri prìomh amasan poileasaidh na h-Alba agus na RA. San ro-innleachd seo, chaidh cur riutha uile gus na cothroman a th' ann gus na roinnean stèidhichte againn a leasachadh gus dèanamh cinnteach gun cuir iad ri an eaconamaidh againn san fhad-ùine.

Mar chuspair tar-ghearrach, thèid gnìomhan fo na ceithir colbhan againn a chleachdadh gus na cothroman sin a thoirt air adhart tro bhith:

- A' cur ri ruigsinneachd air, agus tasgadh ann an, trèanadh agus foghlam agus a' meudachadh na h-àireimh de chothroman cosnaidh iomchaidh, a' gabhail a-steach an dà chuid a bhith a' glèidheadh luchd-obrach a th' ann mar-thà agus a' tàladh tàlant gus dèiligeadh ri gainnead sgìlean agus gus fàs san roinn a dhèanamh comasach.
- A' faighinn tasgadh san sgìre ann an cruth an dà chuid in-thasgadh agus tro bhith a' cruthachadh slighean maoineachaidh is leasachaidh (poblach agus bho thùsan eile) gus taic a chumail ri leasachadh iomairt thar roinnean
- A' cumail taic ris na suidheachaidhean a tha a dhìth airson fàs agus a' dèanamh cinnteach gu bheil an Cùmhnant Fàs agus tasgaidhean nas fharsainge, stòrasan ionadail agus leasachadh sèine-solair a' buntainn ri cothroman cruth-atharrachaidh roinneil a' cruthachadh an dà chuid àrdachadh eaconamach agus àiteachan tarraingeach airson a bhith a' fuireach agus ag obair.
- A' dèanamh gnìomhan gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin air a dhèanamh agus a' faighinn taic ann an dòigh chothromach agus dhiofraichte gus taic a thoirt do dhiofar roinnean
- A' dèanamh cinnteach gu bheil an sgìre a' cumail suas ri agus a' cleachdadh theicneòlasan agus dàta ùr



Creideas an deilbh: EMEC






Gregg Arthur Manaidsèar Tuathanasan-uisge, UHI Sealtainn le FlowCytobot, Sealtainn



Taobh-duilleig 17

Turbain pròiseact MeyGen ga ullachadh airson a chur a-steach aig Pàirc Cumhachd Neig.



## GAOTH FAR NA CLADAICH

- Prìomh chothroman eaconamach ann an saothrachadh gaoithe, stòradh, togail agus ruith is cumail suas cumhachd na gaoithe air bhog.
- Tuairmse gun tèid 2,400 obraichean FTE a chruthachadh gu dìreach ro 2035 san sgìre, stèidhichte air a bhith a' faighinn c.60% de chomas 27GW ScotWind anns na h-uisgeachan far na sgìre, agus barrachd comais INTOG.
- Dreuchdan saothrachadh seasmhach, fad-ùine ann a bhith a' cruthachadh agus a' ruith cumhachd na gaoithe aig muir.
- Buaidh mhòr air obair togail.

## COTHROM AIR LETH DHAN SGÌRE

- Cruinn-eòlas air leth freagarrach
- Na dhachaigh do phuirt uisge domhainn, gàraidhean stòraidh, goireasan stòraidh fliuch, agus sèine-solair sgileil.
- Tog air tasgadh de mu £300m ann am prìomh phuirt lùths na sgìre anns na deich bliadhna a dh'fhalbh.
- Inbhe Saor-phort Uaine Inbhir Nis is Linne Chrombaidh.

## A' TOIRT A' CHOMAIS GU BUIL

- **Cuir taic ri sgèileadh agus fàs nan sèineachan-solair** tro phrògraman sònraichte, taic do chruinneachaidhean agus eadar-theachdan chompanaidhean.
- Ann an com-pàirteachas le SDI **comharraich agus lion beàrnann comais agus comais-libhrigidh tro in-thasgadh cuimsichte**, le fòcas sònraichte air co-phàirtean cumhachd na gaoithe air bhog.
- Ann an com-pàirteachas le Iomairt na h-Alba agus Iomairt Ceann a Deas na h-Alba a' dèanamh cinnteach gum bi **conaltradh co-òrdanaichte ann le luchd-leasachaidh phròiseactan ScotWind agus INTOG, agus le cunnradairean ire a h-aon**, gus faighinn a-mach de na feumalachdan a th' aig gnìomhachas, agus na cothroman roinneil, agus gus freagairt iomchaidh a thoirt seachad às leth na roinne poblach.
- Ag obair tro Chomhairle Cumhachd-gaoithe Mara na h-Alba, **dèan cinnteach gu bheil tuigse mhath air comas na sgìre taic a thoirt do libhrigeadh cumhachd na gaoithe aig muir** agus gu bheil e a' faighinn an tasgaidh a tha a dhìth san roinn phoblach is phrìobhaidh.
- Tro HIREP, **obraich le com-pàirtichean roinneil gus buaidh a thoirt air leasachadh bun-structair comasachaidh agus sgilean riatanach** gus dèanamh cinnteach gun tèid pròiseactan gaoithe aig muir a libhrigeadh gu soirbheachail.

## HAIDRIDEAN UAINE

- Dachaigh do ghnìomhachd taisbeanaidh haidridean ùr-ghnàthach, air thoiseach air càch san t-saoghal, a' fuasgladh na slighe airson cruthachadh agus às-mhalairt haidridean air sgèile mhòr.
- Cothrom taic a chumail ri Eadar-ghluasad Cothromach de dh'ionadan-ola is gas na sgìre, le tuairmse de 600 obraichean co-ionann ri làn ùine dìreach, uaine, cothromach, àrd-luach air an cruthachadh le pròiseactan ScotWind.
- Cothroman àrd-luach a bharrachd ann an dèanamh, stòradh, cuairteachadh agus cleachdadh deireannach.

## COTHROM AIR LETH DHAN SGÌRE

- Stòrasan ath-nuadhachail pailt.
- Slighe eile gu margaidh airson cumhachd na gaoithe air tir (cuingealachaidhean a' ghrìod) agus gaoth aig muir.
- Comas ann gus bun-structar comasachaidh a th' ann mar-thà a chleachdadh (ionadan ola agus gas).
- Iarrtas dachaigheil tràth bho ghnìomhachasan a tha stèidhichte san sgìre, leithid grùdaireachd gus a saothrachaidh a bhrosnachadh.
- Inbhe mar Shaor-phort Uaine

## A' TOIRT A' CHOMAIS GU BUIL

- Feuch ri **buaidh a thoirt air frèam riaghlaidh, margaidh agus ceadachaidh** a bhrosnaicheas eaconamaidh haidridean uaine.
- Obraich còmhla ri Riaghaltas na h-Alba agus com-pàirtichean gus **molaidhean a thoirt air adhart airson mòr-ionadan eadar-ghluasad lùths** leithid Sealtainn (Orion), Arcaibh (Flotta) Linne Chrombaigh (Cò-ìonad haidridean Alba a Tuath) agus Co-ìonad haidridean Innse Gall (Àirmis).
- **Brosnaich ùr-ghnàthachadh agus leasachadh sèine-solair** ann an com-pàirteachas le SE agus SOSE tro bhith a' stèidheachadh lionra ùr-ghnàthachaidh agus buidheann gnìomhachais, agus obraich le buidhnean leithid NMIS gus fòcas a chur air prìomh chothroman saothrachaidh.
- Obraich le buidhnean eadar-nàiseanta aig a bheil ùidh ann an dèanamh, sgaoileadh agus cleachdadh haidridean, ag obair le SDI agus eadar-mheadhanairean leithid an Net Zero Technology Centre, gus **cothroman malairt is tasgaidh eadar-nàiseanta** a th' ann aig an àm seo agus a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd a chomharrachadh.
- Tro HIREP, agus ann an co-chomhairle/co-obrachadh le gnìomhachas, obair gus dèanamh cinnteach gu bheil **am bun-structar agus na sgilean comasachaidh** ann a tha a dhìth gus eaconamaidh haidridean soirbheachail a chomasachadh.
- Lean air adhart a' **brosnachadh maoinachadh bhon taobh a-muigh gus taic a thoirt do phròiseactan taisbeanaidh haidridein**, a' togail air soirbheasan tràth air an stiùireadh le EMEC.

## CUMHACHD NA MARA

- Cothrom gus obraichean saothrachaidh, togail agus ruith is cumail suas le luach àrd fhaighinn agus lùths tide-mara (agus nas fhaide air adhart, cumhachd nan tonn) a' gluasad a dh'ionnsaigh cleachdadh aig ìre choimeirsealta ann an àrainneachdan air leth freagarrach timcheall air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan.
- Thathar a' meas gun tèid taic a thoirt do 4,000 obair san RA ro 2030.
- Àrd-amas a bhith a' dèanamh cinnteach gun tig saothraiche uidheamachd agus leasachadh roinne co-cheangailte ris dhan sgìre.

## COTHROM AIR LETH DHAN SGÌRE

- Stòrasan tonn is tide-mhara air leth.
- Prìomh ionad deuchainn tonn is tide-mhara an t-saoghail, EMEC.
- Buannachd "ciad neach-gluasad" tron t-sreath sruth-mara dealbhaichte as motha san t-saoghal (MeyGen) agus tron chiad sreath làn-mara san t-saoghal (Nova Innovation aig Bluemull Sound).
- An turbain mara às motha san t-saoghal (Orbital Marine Power)
- Am prìomh phrògram leasachaidh teicneòlais aig Wave Energy Scotland.

## A' TOIRT A' CHOMAIS GU BUIL

- **Conaltradh cuimsichte le luchd-leasachaidh cumhachd na tide-mara** a tha an-dràsta a' feuchainn ri suas ri 45MWan de phròiseactan a thogail a th' air an chur air dòigh tron sgeama Contract for Difference, gus taic a thoirt do libhrigeadh agus leasachadh sèine-solair.
- Thoir **buaidh a bharrachd air a' mhargaidh agus frèama ceadachaidh** gus cunnartan libhrigidh pròiseict a lùghdachadh agus gus ionmhas bhon roinn phrìobhaidh a leudachadh.
- **Cuir taic ris an ath cheum de leasachadh teicneòlais aig Wave Energy Scotland** agus slighe na roinne gu suidheachadh coimeirsealta.
- Obraich còmhla ri Riaghaltas na h-Alba agus na RA, agus le buidhnean gnìomhachais gus **tarraingeachd na roinne a mheudachadh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean iomchaidh rim faighinn**.

## FÀNAS

- Comas 450 cosnadh a chruthachadh air feadh na roinne tro Phuir-fànais Chataibh agus SaxaVord (<20,000 ann an Alba thairis air an ath dheich bliadhna).
- Buaidh iomadachaidh thairis air an t-sèine-sholair - tuairmse de £4bn GVA gach bliadhna taobh a-staigh deichead.
- Tha a' mhargaidh airson lainsichean a' dol am meud, a' fàs 9.9% gach bliadhna.
- Comasach air margaid uile-gu-lèir de 81 lainsichean orbatach gach bliadhna bhon sgìre.

## COTHROM AIR LETH DHAN SGÌRE

- Cruinn-eòlas air leth freagarrach agus an cothrom do dh'Alba a bhith na prìomh nàisean ann an roinn an Fhànais tro chomas lainsidh dachaigheil taobh a-staigh 2 bhliadhna.
- Tha ceithir de na còig puirt-fànais ann an Alba san sgìre againn.
- Tha tè den dà chompanaidh a nì soithichean lainsidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd/sna h-Eileanan.

## A' TOIRT A' CHOMAIS GU BUIL

- Thoir air falbh cnapan-starra a thaobh **làraichean lainsidh**.
- Taisbean dòigh-obrach uaine na h-Alba – leasaich Port-fànais Chataibh gus am bi i mar am **port-fànais as uaine air an t-saoghal**.
- Tha tasgadh iomlan de mu £100m (poblach is prìobhaideach) a dhith thar nan 3 bliadhna ri teachd ann am **bun-structair comasachaidh** (Puir-fànais, goireasan saothrachaidh agus taic ùr-ghnàthachaidh), a dhith gus an roinn a chur gu dol.
- **Tha prògram lainsidh seasmhach fad-ùine agus ro-innleachd Fànais nàiseanta aonaichte** deatamach airson soirbheachas.
- Com-pàirteachas ùr leis na Stàitean Aonaichte gus **comas in-thasgadh agus às-mhalairt a mheudachadh**.
- Cruthaich **plana airson conaltradh STEM** stèidhichte air Fànais.

## BITH-THEICNEÒLAS AGUS GIULLACHD MARA

- Roinn òg a dh'fhaodadh luach àrd a thoirt seachad le cothroman cudromach gus obraichean àrd-inbhe a chruthachadh.
- Tha stuthan amh pailt san sgìre.

## COTHROM AIR LETH DHAN SGÌRE

- Margaidh na cruinne a' fàs aig 5-6% gach bliadhna agus thathar an dùil gum bi luach \$6.4 billean ann ro 2025.
- Tha tuairmsean bho IBioIC a' sealltainn gum faodadh luach £600M sa bhliadhna a bhith aig roinn na Gàidhealtachd is nan Eilean ro 2030.
- Comasan R&D sònraichte ann an Alba m.e. SAMS.
- Stuthan amh rim faighinn san sgìre.
- Cothroman gus sgudal a lùghdachadh agus luach a chruthachadh bho roinnean soirbheachail eile san sgìre.

## A' TOIRT A' CHOMAIS GU BUIL

- Tha feum air **ceannardas agus co-dhùnaidhean ro-innleachdail** sa ghearr-ùine le com-pàirteachas de bhuidhnean a thaobh na h-ìre is gu bheil Alba a' feuchainn ri feum a dhèanamh de chothroman àrd-luach ann am bith-theicneòlas agus giullachd mara.
- **Tasgadh ann an Rannsachadh is Leasachadh** gus cothrom a mhineachadh agus a leasachadh airson diofar sheòrsaichean biomass, gus cleachdaidhean às-tharraing agus giullachd a chruthachadh, agus gus cleachdaichean ùra àrd-luach a chruthachadh.
- **Co-obrachadh eadar an saoghal acadaimigeach agus gnìomhachasan** gus dèiligeadh ri iartasan margaidh a tha a' tighinn am bàrr.
- **Leasachadh sèine-solair** gus cothroman àrd-luach fhaighinn air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan.
- **Tasgadh ann an iomairtean ùr-ghnàthach agus tionnsgalach** aig a bheil comas fàs ann an sgèile gu luath.
- **A' dèanamh an fheum as fheàrr de mhaoinachadh ùr-ghnàthachaidh nàiseanta** gus an gnìomhachas ùr seo a thoirt air adhart.

## SAIDHEANSAN BEATHA, SLÀINTE IS CÙRAM SÒISEALTA DHIDSEATACH

- Comas airson co-obrachadh gus cur ris an astar sa bheil daoine a' gabhail ri agus a' sgaoileadh ùr-ghnàthachadh ann an slàinte is cùram gus togail a thoirt do shlàinte, sunnd agus fàs eaconamach.
- Dachaigh do mu 80 companaidh le cruinneachaidhean ann an Linne Mhoireibh a-staigh agus Earra-Ghàidheal is na h-Eileanan.
- Tuarastal cuibheasach àrd agus ìre àrd de GVA.
- Tha dùbhlain slàinte cruinneil is nàiseanta nach fhacas riamh roimhe nar linn a' sireadh fhreagairtean airson fuasglaidhean cùram slàinte a tha seasmhach agus air pris reusanta.
- Tha cliù eadar-nàiseanta aig Alba airson teicneòlasan meidigeach, seirbheisean cungaidh-leigheis, cùram slàinte didseatach, slàinte bheathaichean, tuathanachas-uisge agus àiteachas (AAA), agus bith-theicneòlas gnìomhachail agus tha i ann an deagh shuidheachadh airson margaidhean às-mhalairt a leasachadh.

## COTHROM AIR LETH DHAN SGÌRE

- Tha ionad cùram slàinte didseatach a tha stèidhichte agus a' fàs san sgìre aig Àrainn Inbhir Nis.
- Tha pròifil teicneòlais na sgìre a' gabhail a-steach cruinneachadh mòr de dh'eòlas ann an teicneòlas meidigeach, bith-theicneòlas, anailis air stuthan bith-eòlasach agus ionnstramaidean co-cheangailte.
- Stèidhich co-obrachadh eadar an saoghal acadaimigeach, NHS na Gàidhealtachd agus HIE gus taic a thoirt do chothroman eaconamach co-cheangailte agus builean slàinte nas fheàrr.
- Tha ar cruinn-eòlas a' toirt chothroman dhuinn ann an slàinte didseatach agus diagnosachd mheidigeach gus sealltainn mar as urrainn do theicneòlas cuideachadh gus fuasglaidhean fhaighinn air cnapan-starra air an adhbharachadh le astar.

## A' TOIRT A' CHOMAIS GU BUIL

- Thoir taic do chompanaidhean gus fàs agus gus cur ris na cothroman stèidhichte air dàta gus **innealan diagnosach agus bathar agus seirbheisean didseatach ùr-ghnàthach a chruthachadh**.
- **Meudaich co-obrachadh san roinn phoblaich** gus dòigh-obrach nas aonaichte a chruthachadh a thaobh tasgaidhean calpa mòra air feadh na sgìre.
- **Cuir ri buannachd eaconamach bho thasgaidhean a tha gu bhith ann an cùram slàinte** air feadh na sgìre.
- Tro HIREP, cruthaich plana gus **cothrom air sgilean iomchaidh a mheudachadh** m.e. cùram-slàinte agus sgrùdairean dàta agus tog com-pàirteachadh le STEM.
- Co-obrach le SRUC gus feum a dhèanamh de na cothroman tron Ionad Ùr-ghnàthachaidh Dùthchail is Lighiche-sprèidh (RAVIC). Bidh an t-ionad a' cumseachadh air **ùr-ghnàthachadh stèidhichte air dàta** agus bidh e a' gabhail a-steach ionad malairteach.

## BIADH, DEOCH AGUS AITEACHAS-UISGE

- Cothrom tro bhith a' cruthachadh bathar seasmhach le tùs agus dualchas a tha ion-mhiannaichte ann am margaidhean le luach àrd.
- 5,355 gnìomhachas clàraichte ann an 2022 (suas 0.3% bho 2019).
- Bha seo a' fastadh mu 36,000 ann an 2021, mu 15% de chosnadh roinneil
- Tha 31% de ghnìomhachasan bidh is dighe na h-Alba clàraichte san sgìre; 28% de chosnadh uile ann am Biadh is Deoch na h-Alba.
- Àiteachas-uisge - deagh chosnadh airson c11,400 neach le mu 2,400 neach-obrach dìreach agus 9,000 obraichean neo-dhìreach; tuarastalan nas àirde na cuibheasachd na h-Alba agus na RA.

## COTHROM AIR LETH DHAN SGÌRE

- Costa c18,743 km.
- Tha dà thrian de chosta iomlan na RA anns an sgìre air a sgaradh cha mhòr co-ionann eadar tìr-mòr agus eileanan na h-Alba.
- Bidh tuathanachas-uisge a' cur £500m GVA (11% de GVA eaconamaidh na mara (2019))
- Bha GVA de £833m aig dèanamh bidh, deoch agus tombaca ann an 2021.
- Tha cuibhreann ionadail os cionn na cuibheasachd a' sealltainn cho cudromach 's a tha an roinn do dh'eaconamaidhean roinneil agus sèineachan-solair.
- Cothrom tro bhith ag àrdachadh togail beartas coimhearsnachd gus cur gu mòr ri eaconamaidh sunnd.

## A' TOIRT A' CHOMAIS GU BUIL

- **Meudaich ùr-ghnàthachadh agus fàs seasmhach ann am bun-stuthan** tro bhith a' cur an gnìomh ro-innleachd nàiseanta bidh is dighe gu h-ionadail, tro eadar-theachdan agus prògraman cuimsichte, agus le bhith a' cur an comas co-obrachadh thar nan roinnean agus leis an t-saoghal acadaimigeach.
- **Fòcusaich stòrasan gus an gluasad gu cothromachadh-carboin a luathachadh**, a' toirt prìomhachas do roinnean àiteachais is uisge-beatha.
- Cuir taic ri leasachadh air na roinnean slàinte bheathaichean, tuathanachas-uisge agus agritech, le fòcas air **a bhith a' cruthachadh chothroman airson ùr-ghnàthachadh, tasgadh a-staigh agus fàs gnìomhachais nas àirde.**
- Dèan cinnteach gun soirbhich an roinn san àm ri teachd tro **thasgadh ann an teicneòlasan didseatach, fèin-obrachas (automation) agus sgilean.**
- **Thoir buaidh air poileasaidhean nàiseanta agus iomairtean tasgaidh** a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' coileanadh builean fàbharach a thaobh fàs seasmhach air roinn bidh is dighe àrd-ìre.

## TURASACHD

- Tha comas aig roinn turasachd na sgìre a bhith na dràibhear airson fàs seasmhach a bheir na buannachdan as motha do ghnìomhachasan, choimhearsnachdan agus dhan àrainneachd nàdarra.
- Caiteachas luchd-turais san sgìre de £2bn (2019), 18% de dh'Alba iomlan.
- Bha GVA de chòrr is £0.5bn sa bhliadhna airson turasachd sheasmhach san roinn ron ghalar-lèir sgaolte.
- Tha seo a' fastadh mu 25,900 ann an 2021, mu 11% de chosnadh roinneil.
- 12% de chosnadh turasachd na h-Alba.
- 2,615 gnìomhachas clàraichte ann an 2022 (suas 3.6% bho 2019).

## COTHROM AIR LETH DHAN SGÌRE

- Turasachd a tha ainmeil air feadh an t-saoghail, cruthan-tìre nàdarra agus stòrasan cultarach beartach.
- Cothroman cudromach do ghnìomhachasan turasachd gnìomhan gnàth-shìde a ghabhail agus gus an sgìre a leasachadh mar phrìomh cheann-uidhe beag-charboin.
- Bun-stèidh làidir gus leasachadh a dhèanamh air turasachd air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd agus gus taic a thoirt do thogail beartas coimhearsnachd.
- Tha Gàidhlig agus a' cultar san sgìre tarraingeach agus a' toirt seachad fìor bhlasad den sgìre agus 's e so-mhaoin eaconamach, sòisealta agus cultarail a tha seo.
- Tha na bhios luchd-tadhail a' cosg agus cosnaidhean co-cheangailte ri turasachd a' cumail suas choimhearsnachdan dùthchail agus a' cur ri sunnd nan daoine a tha a' fuireach, ag obair agus ag ionnsachadh anns a' cheann-uidhe.

## A' TOIRT A' CHOMAIS GU BUIL

- Thoir taic dhan roinn gus gluasad gu cothromachadh-carboin leis an amas a bhith na **cheann-uidhe turasachd seasmhach** aithnichte.
- Cur ri com-pàirteachasan turasachd làidir stèidhichte air àite le gnìomhachas, coimhearsnachdan agus an roinn phoblach gus **tasgadh agus dealbhadh cinn-uidhe a stiùireadh.**
- Obraich còmhla ri com-pàirtichean gus **dèiligeadh ri duilgheadasan na margaidh obrach, a' stèidheachadh obair chothromach, a' tasgadh ann an sgilean** agus a' cur ri tarraing agus glèidheadh sluaigh.
- Meudaich **gabhadh ri teicneòlasan adhartach agus didseatach** gus èifeachdas obrachaidh a leasachadh agus gus ùr-ghnàthachadh àrdachadh.
- **Cruthaich ceannardan làidir agus comasach le dòigh-obrach thionnsgalach** gus feum a dhèanamh de threandaichean a tha a' tighinn am bàrr agus air cothroman margaidh ùra.

## GNÌOMHACHASAN CRUTHACHAIL

- Cothrom cuibhreann nas motha den mhargaidh a ghlacadh agus cosnadh àrdachadh tro chruth-atharrachadh didseatach agus teicneòlas agus leasachadh sgilean.
- Tha an roinn na dachaigh do 5,500 cosnadh (luach £740m) agus i a' toirt taic do shèine-solair nas fharsainge luach £1.3bn agus 18,000 obair (2018).
- Seo an roinn as luaithe a tha a' fàs san t-saoghal; fàs na h-Alba 57% - £10.3bn (2001-21); gu ìre mhòr air a stiùireadh le gabhail ri teicneòlas air sgèile/astar cruth-atharrachail.
- Ro-shealladh air fàs ann an cosnadh de 3000+ cosnadh air feadh na h-Alba; Feumaidh 85% de ghnìomhachasan sgilean cruthachail airson fàs; 63% a' strì gus daoine fhadstadh (Suirbhìdh Gnìomhachais na RA).

## COTHROM AIR LETH DHAN SGÌRE

- Cliù aithnichte air feadh na cruinne le neart anns na raointean far a bheil am fàs as motha - subsaint dhidseatach, ciùird thraidiseanta, dualchas didseatach, àrainneachd agus seasmhachd.
- Lionraidhean co-obrachaidh roinneil a' cruthachadh sgèile.
- Iarrtas a tha a' fàs bho chompanaidhean eadar-nàiseanta gus co-obrachadh air bathar agus seirbheisean didseatach.
- Buannachd roinneil - tha bailtean-mòra gam faicinn barrachd is barrachd mar àiteachan a tha ro choltach ri chèile.
- Tha oileanaich UHI le sgilean didseatach nan goireas nach eil air an cleachdadh gu leòr: Bidh 83% de cheumnaichean CI na RA ag obair san roinn agus gu cuibheasach tha iad a' cosnadh £2,600 a bharrachd gach bliadhna na an co-leithid (CIF 2022).

## A' TOIRT A' CHOMAIS GU BUIL

- **Meudaich sgilean didseatach agus gabhail ri sgilean didseatach**, a' gabhail a-steach AI, a' dèanamh cinnteach gu bheil ceangailteachd ann le àrd-ùrlaran coileanaidh agus cuairteachaidh agus ullach gnìomhachasan airson atharrachadh teicneòlach.
- **Meudaich tòiseachadh gnìomhachasan agus chothroman do dhaoine òga san sgìre** agus dèilig ri beàrnan sgilean aithnichte.
- Meudaich ruigsinneachd air luchd-co-dhùnaidh gnìomhachais eadar-nàiseanta - **àrdaich co-obrachadh malairteach, sgèile, tasgadh, bun-structar agus ruigsinneachd margaidh**.
- Thoir taic agus brosnachadh dhan **eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin**
- **Meudaich co-obrachadh** le lionraidhean cruthachail agus ùr-ghnàthachaidh eadar-nàiseanta.
- **Leasaich obair thar-roinneil** a' gabhail a-steach turasachd, slàinte is sunnd, agus beachdaich air togail beartas coimhearsnachd.

## Tha a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan air buannachd fhaighinn bho fhàs sluaigh thar an dà dheichead a dh'fhalbh, le comharran gu bheil àrdachadh sluaigh ann an cuid de sgìrean agus a' tarraing air neartan ionadail.

Tha càileachd beatha air leth agus àrainneachd nàdarra gun samhail a' cur na sgìre gu cunbhalach aig mullach nan cunntasan-bheachd agus a' fàs nas cudromaiche do luchd-còmhnaidh, luchd-tasgaidh agus luchd-tadhail. Tha crìonadh-sluaigh air a bhith ann an cuid de dh'àiteachan san sgìre cuideachd agus thathar an dùil gun lean an gluasad seo agus gum fàs e nas fhoillisiche sna h-eileanan agus ann an sgìrean dùthchail. Tha an crìonadh san àireamh-sluaigh aig aois obrach san sgìre na dhùbhlann do mhargaidhean obrach, seirbheisean poblach agus seasmhachd coimhearsnachd. Ach, tha miann nas àirde am measg dhaoine òga a bhith a' fuireach, ag obair agus ag ionnsachadh san sgìre agus cuidichidh pileatan àrdachadh sluaigh bho chionn ghoirid anns na h-Eileanan an Iar, Earra-Ghàidheal is na h-Eileanan, agus Gallaibh is Cataibh le bhith a' fiosrachadh ghnìomhan san àm ri teachd air feadh na sgìre.

Tha Ro-innleachd Àireamh-sluaigh Nàiseanta na h-Alba na fhrèam-obrach làidir airson ar freagairt roinneil. Tha cothroman ùra ag èirigh bho àrdachadh ann an obair air astar agus dòighean-obrach ùra, mar thoradh air a' ghalair làir-sgaoilte, a' cruthachadh comas mòr gus tarraingeachd na sgìre a neartachadh agus gus neo-ionannachd cruinn-eòlasach a lùghdachadh. Tha sinn ag aithneachadh gum faodadh cuingealachdan solair luchd-obrach buaidh mhòr a thoirt air leasachadh sòisio-eaconamach agus air meudachadh chothroman, agus gu bheil na feartan a tha a' cur ris iom-fhillte agus eadar-dhealaichte air feadh na sgìre. Tha seo air a dhèanamh nas miosa le gainnead thairghean iomchaidh agus air prìs reusanta gus taic a

chumail ri cothroman gnìomhachais agus cosnadh agus ri oileanaich. Gus dèiligeadh ris na cùisean sin bidh feum air oidhirp com-pàirteachais gus dèiligeadh ri tarraing tàlant, àrdachadh sgilean agus ath-sgileadh, agus lùghdachadh neo-ghnìomhachd eaconamach, a tha air àrdachadh thar nam beagan bhliadhnaichean a dh' fhalbh.

Tha an sgìre ainmeil airson nan ìrean àrda aige de dh'fhèin-chosnadh, gnìomhachasan ùra agus iomairtean sòisealta. Tha an spiorad thionnsgalach làidir sin ri faicinn air feadh na sgìre le luchd-obrach a tha an sàs gu deimhinneach, agus iomairtean freagarrach agus ùr-ghnàthach. Tha bunaitean làidir aig an sgìre: faodaidh fàs agus taic do ghnìomhachas a bhith na mheadhan air sèineachan-solair a neartachadh agus air dèiligeadh ri fàilligeadh sa mhargaidh. Tha feum air dèanamh cinnteach gu bheil luchd-tionnsgain, gnìomhachasan agus coimhearsnachdan a' faighinn taic leis na sgìlean airson leasachadh, atharrachadh, eadar-gluasad agus ùr-ghnàthachadh. Tha comas agus comas-lìbhrigidh ceannas is stiùiridh deatamach ann a bhith a' togail ath-leumachd agus fàs agus tha iad gu sònraichte cudromach airson a bhith a' làimhseachadh agus a' dèiligeadh ri atharrachadh; a bha ri faicinn gu soilleir thar nam beagan bhliadhnaichean a dh' fhalbh leis a' ghalair làir-sgaoilte, an RA a' fàgail an AE, atharrachadh na gnàth-shìde agus adhartasan luath ann an teicneòlas. Tha obair chothromach ro-chudromach ann a bhith a' cruthachadh eaconamaidh sunnd, a' cumail agus a' tàladh luchd-obrach agus a' cuideachadh le fàs gnìomhachais. B' e HIE aon de na ciad bhuidhnean poblach a chuir an gnìomh cumhaichean a

thaobh làn obair chothromach a thaobh taic ionmhais agus leanaidh HIE air adhart a' brosnachadh agus a' toirt taic ri bhith a' gabhail ri agus a' stèidheachadh obair chothromach.

Gus obair a thoirt air adhart a thaobh àireamh-sluaigh, solar luchd-obrach agus sgilean, tha dà stòras chumhachdach anns an sgìre - Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (OGE) agus Com-pàirteachas Eaconamach Roinneil na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIREP), cuide ri tasgaidhean mòra air am planadh ann an sgìlean agus bun-structair acadaimigeach tro chùmhannan fàis na sgìre. Le sàr-eòlas aig ìre an t-saoghail ann an ionnsachadh air astar agus speisealaichean ann an saidheans mara agus àrainneachd agus ann an slàinte, tha UHI ann an deagh shuidheachadh gus dèiligeadh ri feumalachdan sgilean san àm ri teachd, taic a thoirt do rannsachadh agus leasachadh agus tha e na phrìomh factar tarraing airson tàlant agus sluaigh. Tha làthaireachd grunn ionadan acadaimigeach cliùiteach eile a' cur ri tarraingeachd agus freagairteachd roinneil. Bhon fhìor thoiseach, tha HIREP air comharrachadh gu bheil dèiligeadh ri crìonadh-sluaigh, feachd-obrach agus bacaidhean sgilean nan àrd phrìomhachasan. Tha e gu mòr airson dèanamh cinnteach gu bheil dùbhlain agus feumalachdan sònraichte na sgìre air an tuigsinn agus air an aithneachadh ann am poileasaidh agus libhrigeadh nàiseanta agus tha e dealasach a thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na freagairtean iomchaidh air an cur an sàs. Tha an colbh againn *Daoine* ag aithneachadh a' phrìomhachais seo le bhith a' cur an cèill prìomh ghnìomhan.

## GNÌOMHAN

### AMASAN RO-INNLEACHDAIL

Tha cothromachadh sluaigh nas fheàrr agus nas sgapte agus tha feachd-obrach nas motha aig aois obrach a tha sgileil

Comas riaghlaidh agus ceannardais agus cultar tionnsgalach làidir freumhaichte nar gnìomhachasan agus coimhearsnachdan

#### **Leasaich comas riaghlaidh is ceannais nar n-iomairtean agus coimhearsnachdan**

- cuir ri ath-leumachd is fàs gnìomhachais is coimhearsnachd tro riaghladh nas èifeachdaiche agus tro cheannardas àrd-amasach gus tasgadh, ùr-ghnàthachadh agus tarbhachd a luathachadh. Bithear a' cuimseachadh gu sònraichte air stiùirichean òga, ceannardan boireann agus taic do cheannas dùthchail.

#### **Leasaich cultar agus dòigh-smaoineachaidh tionnsgalach**

- cuir taic ri luchd-tionnsgain le innealan practaigeach, dòighean-obrach, trèanadh agus comhairleachadh gus misneachd, ùr-ghnàthachadh agus comas a leasachadh. Bidh cuimseachadh sònraichte air luchd-tionnsgain òga, luchd-tionnsgain boireann agus feadhainn ann an àiteachan nas dùthchail agus ann an eileanan.

#### **Thoir taic do tharraing tàlant agus fàs sluaigh**

- obraich le com-pàirtichean roinneil gus bunait fianais a chruthachadh; cuir taic ri ro-innleachdan àrdachadh-sluaigh agus tarraing tàlant, planaichean gnìomh agus eadar-theachdan; dèan feum air cothroman airson a bhith ag obair aig astar; agus cuir taic ri greisean-gnìomhachais do ceumnaichean. Bithear ag amas air sgìrean far a bheil no far a bheilear an dùil gum bi an crìonadh-sluaigh as àirde ann.

#### **Cuir taic ri leasachadh sgilean agus co-òrdanachadh**

- cuir taic ri gnìomhachasan le sgilean agus planadh luchd-obrach, cuir ri planadh agus buileachadh freagairt roinneil a thaobh comharrachadh feumalachdan sgilean agus a bhith a' co-thaobhadh tasgadh ann an sgilean agus foghlam ri cothroman cruth-atharrachail ionadail agus roinneil, gu sònraichte gus taic a thoirt dhan eadar-ghluasad cumhachd, obraichean stèidhichte air nàdar, roinn fànais a tha a' tighinn am bàrr agus sèine-solair togail.

### TOROIDHEAN

Cothromachadh sluaigh nas fheàrr agus feachd-obrach sgileil a tha a' fàs

Meudachadh air for-ghnìomhachd agus tionnsgalachd

Ceannardas gnìomhachais is coimhearsnachd nas fheàrr

Leasachadh sa mhargaidh-obrach agus cothrom air sgilean

Tha siostam nan sgilean co-thaobhte nas fheàrr ri prìomhachasan sgìreil

Tha àite daonnan air a bhith aig cridhe ar slighe ro-innleachdail: tha an ceangal do-sheachanta eadar leasachadh eaconamach agus coimhearsnachd air a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan, a chithear ann an reachdas stèidheachaidh HIBD, a tha fhathast aig cridhe adhbhar HIE an-diugh. Tha eachdraidh fhada san sgìre de bhith a' cleachdadh dòigh-obrach stèidhichte air àite, leis an roinn phoblaich, coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus an roinn foghlaim a' cur an cuid eòlais, goireasan, sgilean agus stòrasan còmhla gus eadar-dhealachadh a dhèanamh.

Ged a tha feartan agus feumalachdan sa chumantas air feadh na roinne tha co-theacsan agus cothroman gu math eadar-dhealaichte ann a dh'fheumas fuasglaidhean sònraichte. Bidh cothroman sònraichte aig àiteachan airson prìomh roinnean gnìomhachais, gu h-àraidh an fheadhainn a tha a' ceangal gu dlùth ri gluasad cothromach gu cothromachadh-carboin, agus bidh mòran dhiubh sin nam fòcasan anns na cùmhnantan fàis roinneil a tha ann an-dràsta no a tha a' tighinn am bàrr. Tha com-pàirteachasan ionadail, roinneil agus cuspaireil stèidhichte againn a tha nam bunait làidir airson a bhith a' toirt buaidh air, a' dealbhadh agus a' libhrigeadh phlanaichean agus eadar-theachdan cuimsichte stèidhichte air àite. Tha ar làthaireachd air feadh na roinne tro na sgiobaidhean sgìreil againn a' cur ris an tuigse ionadail againn agus ri com-pàirteachasan ionadail agus planadh sgìreil.

Tha togail beartas coimhearsnachd na phrìomh eileamaid den dòigh-obrach againn stèidhichte air àite. Tha e a' cur taic ri fàs in-ghabhalach agus co-ionannachd agus ag amas air beartas a ghlèidheadh agus a thogail taobh a-staigh àite, dhan choimhearsnachd. Tha a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan air a bhith air thoiseach air cach air leasachadh air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd, a bheir cumhachd do choimhearsnachdan a bhith an sàs gu gnìomhach agus a bhith nan com-pàirtichean ann an togail beartas coimhearsnachd. Mar thoradh air sin, tha ìrean gun samhail de shealbh maoin coimhearsnachd, com-pàirteachadh coimhearsnachd agus cruthachadh iomairtean sòisealta aig an sgìre. Feumaidh sinn togail air seo agus an dealas seo gus beartas coimhearsnachd a leasachadh barrachd tro cho-obrachadh. Tha gnìomhan tarsainn an fhèam ro-innleachdail a chuireas ri seo, le fòcas mòr air leasachadh so-mhaoinean, togail comais, eòlas agus co-obrachadh fon cholbh seo. Tha sealbhachadh agus cleachdadh fearainn, agus an t-àite Taobh-duilleig 23

ro-chudromach a th' aig seo ann a bhith a' cruthachadh àm ri teachd nas fheàrr dhan Ghàidhealtachd is do na h-Eileanan fhathast aig cridhe a bhith a' toirt chothroman roinneil gu buil san latha an-diugh, mar bhunait air togail beartas coimhearsnachd agus tha e bunaiteach airson a bhith a' coileanadh àrd-amasan a thaobh cothromachadh-carboin. Leanaidh sinn oirnn leis an deastanas chudromach againn a bhith a' toirt taic do shealbh fearainn coimhearsnachd tro Mhaoin Fearainn na h-Alba a tha air a stiùireadh le HIE ann an com-pàirteachas le Maoin Coimhearsnachd a' Chrannchuir Nàiseanta.

Tha tarraing na sgìre againn air a neartachadh le cultar, cànan agus dualchas làidir agus le àrainneachd nàdarra a tha fìor mhath. Tha a' Ghàidhlig agus na dual-chainntean roinneil a' cuideachadh gus cumadh a thoirt air coimhearsnachdan misneachail agus eadar-mheasgte agus tha iad nan stòrasan dhan eaconamaid roinneil. Ach, is urrainn dùthchalachd agus iomallachd ana-cothrom adhbharachadh agus cruthaichidh cumadh-tìre roinneil duilgheadasan airson a bhith a' cruthachadh cruinneachaidhean fiosaigeach, lionraidhean agus bun-structar taic. Tha e deatamach gun tèid bun-structar agus seirbheisean leithid foghlaim agus solar cùram-chloinne a chur an comas gus na cothroman cruth-atharrachaidh roinneil againn a thoirt air adhart, gus tasgadh fhaighinn bhon taobh a-muigh agus a-staigh, agus gus dèanamh cinnteach gum bi ar coimhearsnachdan a' soirbheachadh. Tha gainnead taigheadais agus cho àrd 's a tha prìsean taigheadais na bhacadh mòr air fàs eaconamach is àireamh-sluaigh agus air tàladh is glèidheadh tàlant: tha 41% de dhàrna dachaighean na h-Alba anns an sgìre agus tha seo na dhùbhlàn a bharrachd. Chaidh leasachaidhean mòra a dhèanamh air còmhaidhail agus air ceanglaichean didseatach thar nan deicheadan mu dheireadh agus tha

deagh cheanglaichean aig an sgìre, ach ghabhadh piseach a thoirt air seo fhathast. Tha ceistean a thaobh seasmhachd seirbheis agus am feum air tasgadh leantainneach fhathast a' cur ri neo-ionannachd roinneil, an dà chuid taobh a-staigh na roinne agus air an taobh a-muigh agus a' cur bacadh air soirbheachas. Nì sinn a' bhuannachd as motha is as urrainn de na stòrasan fearainn is seilbh againn air feadh na sgìre agus obraichidh sinn le com-pàirtichean gus beachdachadh air dòighean-obrach agus eadar-theachdan iomchaidh nuair a tha fàilligeadh sa mhargaidh, gu h-àraidh anns na sgìrean dùthchail agus eileanach againn, gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig ar gnìomhachasan agus ar coimhearsnachdan air goireasan sùbailte agus air deagh àiteachan-fuirich.

Tha an sgìre air buannachd fhaighinn bho mhaoin chudromach bhon AE fad còrr is deich air fhichead bliadhna, le prìomhachas air an sgìre air sgàth ar feartan structarail, deamografach agus eaconamach sònraichte, agus tha mòran dhiubh ann fhathast. Tha call an airgid seo a' toirt buaidh air àrd-amasan is planaichean HIE agus nan com-pàirtichean againn mar-thà. Tha bunait fianais roinneil làidir agus com-pàirteachas nam prìomh eileamaidean ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil guth na sgìre air a chluinntinn agus gu bheil na feumalachdan againn air an tuigsinn agus ann a bhith ag àrdachadh iomchaidheachd, ruigsinneachd agus èifeachdas eadar-theachdan. Bidh HIREP air leth cudromach ann a bhith a' togail co-obrachadh agus freagairtean roinneil, agus tha sinn le chèile dealasach a thaobh cumail oirnn a' togail iomhaigh na sgìre gus tasgadh agus taic a thàladh agus gus dèanamh cinnteach gum bi i fhathast na ceann-uidhe aig ìre na cruinne do luchd-tadhail.

## GNÌOMHAN

### AMASAN RO-INNLEACHDAIL

Tha buannachdan roinneil air leth gan cleachdadh gus tàlant a thàladh, roinnean a leasachadh agus tasgadh a bhrosnachadh

Tha coimhearsnachdan nas seasmhaiche agus air an neartachadh tro bhith a' togail beartas ionadail

Tha cothromachd roinneil air a leasachadh tro bhith a' comasachadh bun-structair agus eadar-theachdan cuimsichte

**Planadh agus leasachadh ro-innleachdail stèidhichte air àite** - taic tro bhith a' cruthachadh phlanaichean ro-innleachdail; so-mhaoinean agus tairgsean gun samhail. Cuiridh sinn seo an comas le rannsachadh, fiosrachadh eaconamach, a' cruthachadh chùisean gnòthachais, agus furastachadh agus planadh is taic thasgaidh.

**Cruthaich bun-structar gnìomhachais is ùr-ghnàthachaidh** - faigh a' bhuaidh as motha bhon phasgan a th' againn mar-thà agus co-obrach le luchd-ùidh gus feumalachdan a chomharrachadh, ùr-ghnàthachadh adhartachadh agus stòrasan ùr a libhrigeadh. Bidh eadar-theachdan a' cuimseachadh air pròiseactan a chuidicheas le bhith a' libhrigeadh chothroman cruth-atharrachaidh roinneil agus ann an sgìrean targaid airson àrdachadh sluaigh.

**Tog ath-leumachd coimhearsnachd** - ag obair leis an treas roinn agus com-pàirtichean eile gus dèanamh cinnteach gu bheil togail comais an sàs far a bheil cothroman ag èirigh. Meudaichidh togail comais ruigsinneachd air tasgadh bhon taobh a-muigh, bheir e taic do riaghladh/cruthachadh modail gnìomhachais, leasachadh nan saor-thoileach, agus cuideachadh le bhith a' tomhas buaidh.

**Togail beartas coimhearsnachd** – cuir taic ri sealbhachadh agus leasachadh stòrasan coimhearsnachd, stiùirich Maoin Fearainn na h-Alba ann an com-pàirteachas le Maoin Coimhearsnachd a' Chrannchuir Nàiseanta. Ardaich iomhaigh nan cothroman airson stòrasan ùr a tha co-roinnte no gu tur leis a' choimhearsnachd; tog mothachadh air agus cothroman airson cleachdadh sòisealta de dh'fhèarann agus seilbh; agus brosnachadh agus margaidhean obrach cothromach; brosnachadh ceannach bhathar is sheirbheisean ann an dòigh adhartach. Obraich còmhla ri com-pàirtichean gus am feum air trèanadh ionadail agus leasachadh sgìlean fhiosrachadh gus sèineachan-solair ionadail a neartachadh.

**Cuir ri ceangailteachd** - a bhith na ionad eòlais roinneil ann an ceanglaichean didseatach: a' toirt taic do ghnìomhachd luchd-ùidh roinneil gus fuasglaidhean a lorg agus cnapan-starra gu ceanglaichean nas fheàrr a lùghdachadh, iarrtas agus feum a chomharrachadh; brosnachadh gabhail ris; agus cur tasgadh an comas. Obraich còmhla ri com-pàirtichean ionadail, roinneil agus nàiseanta gus taic agus buaidh a thoirt air prìomh lèirmheasan còmhdaidh, air buileachadh ghealltanasan bun-structair agus seirbheis, agus air an argamaid roinneil airson leasachaidhean còmhdaidh.

**Cùm taic do sholar agus iarrtas taigheadais** - obraich còmhla ri ar com-pàirtichean gus rannsachadh a dhèanamh gus poileasaidh taigheadais agus àrainneachd maoineachaidh, iarrtasan margaidh, cuingealachaidhean agus cnapan-starra a thuigsinn gus fuasglaidhean roinneil fhiosrachadh agus gus taic a thoirt do fhreagairtean air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd agus air an stiùireadh le fastaichean.

**Tasgadh a-staigh** - amais gu for-ghnìomhach air in-thasgadh ùr dhan roinn, a rèir ar neartan sònraichte, stòrasan nàdarra agus cothroman cruth-atharrachail roinneil agus ri Plana In-thasgadh na h-Alba: A' toirt cumadh air eaconamaidh na h-Alba.

## TORAI DHEAN

Mothachadh agus beachdan nas fheàrr air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan

Comas-libhrigidh agus comas nas fheàrr gus buannachdan stèidhichte air àite fhaighinn gu seasmhach

Tha coimhearsnachdan uidheamaichte gus buannachdan fhaighinn

Meudachadh ann an stòrasan coimhearsnachd ùr no a bhios a' togail teachd a-steach a bharrachd

Meudachadh air tasgadh agus leasachaidhean ann am bun-structair comasachaidh

Bidh an saor-phort uaine, prìomh phuirt eile agus bun-structar nas fharsainghe a' luathachadh buannachd eaconamach is coimhearsnachd

Bidh gnìomhan co-obrachail roinneil is nàiseanta a' cur air adhart atharrachadh adhartach agus a' togail iomhaigh na sgìre



Tha clàr-ama còig bliadhna na ro-innleachd seo air leth cudromach dhan Ghàidhealtachd is do na h-Eileanan. Tha an t-àm seo na chothrom cudromach airson togail air an obair nach beag a rinneadh mar-thà gus ar cur aig fìor thoiseach chùisean na gnàth-shìde gu nàiseanta, agus aig an aon àm a bhith a' gabhail ris na cothroman mòra a tha an gluasad cothromach gu cothromachadh-carboin a' tabhann dhan sgìre againn thairis air na deicheadan ri teachd.

Tha feartan cruinn-eòlasach sònraichte na sgìre againn, pailteas stòrasan nàdarra, agus bunait gnìomhachais ùr-ghnàthach gar suidheachadh mar phrìomh àite anns a' ghluasad chruinneil a dh'ionnsaigh fuasglaidhean cumhachd seasmhach. Tha e ro-chudromach cuideachd gum bi ar gnìomhachasan agus ar coimhearsnachdan ann an suidheachadh gus buannachd fhaighinn às na cothroman eaconamach agus atharrachaidhean ann an iarrtasan luchd-cleachdaidh a bheir an gluasad gu cothromachadh-carboin agus gu eaconamaidh chearcallach. Mar an ceudna, tha e deatamach gun dèanar ullachadh agus planadh airson atharrachadh na gnàth-shìde, gus dèanamh cinnteach gum bi sgìre làidir, ath-leumach agus ion-tasgach againn fhathast agus gun dèan sinn cinnteach gu bheil na goireasan nàdarra againn air an cleachdadh gu ciallach agus gu seasmhach.

Tha a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan aithnichte gu h-eadar-nàiseanta airson a bith-iomadachd a bharrachd air a bhith na sinc carboin cudromach, le raointean cudromach de choilltearachd agus talamh mònach a bhios deatamach ma tha Alba gu bhith a' sgar a bhith a' cur ri atharrachadh na gnàth-shìde ro 2045. Tha an calpa nàdarra againn na stòras ro-chudromach a chruthaicheas obraichean uaine sgìleil ùra agus tha an comas aig seo tasgadh a libhrigeadh a chuidicheas le bhith a' meudachadh ar cothroman roinneil airson glacadh carboin, agus aig an aon àm a' toirt seachad cothroman co-cheangailte, m.e. airson gnìomhachasan sònraichte na coilltearachd agus fiodha againn agus mar stuth airson togail beag-carboin.

Tha cothrom aig an sgìre cuibhreachan mì-rèireach a chur ri àrd-amasan cothromachadh-carboin nàiseanta tron chomas aige lùths ath-nuadhachail a chruthachadh bho na stòrasan air leth aice, gu sònraichte ann an gaoth, tìde-mhara, cumhachd nan tonn agus dealan-uisge air a phumpadh. Tha ScotWind agus INTOG, na tairgsean màil gaoithe aig muir a thòisich Oighreachd a' Chrùin Alba, a bharrachd air ath-chumhachdachadh phròiseactan gaoithe air tìr a th' ann mar-thà, a' toirt cothrom nach fhacas riamh roimhe dhan sgìre.

Tha na còig bliadhna a tha romhainn ro-chudromach a thaobh tasgadh ann am bun-structair agus goireasan saothrachaidh gus taic a chumail ri bhith a' togail bun-structair ioma-gigawatt bho 2028/29 agus nas fhaide air adhart. Gus a' bhuanachd as motha fhaighinn bho na pròiseactan seo, thathar gu mòr an eisimeil leasachadh mòr air bun-structar a' ghriod tar-chur, agus tha prìomh àite ro-innleachdail aig HIE gus dèanamh cinnteach gu bheil an tasgadh a tha san amharc sa ghriod a' co-thaobhadh ri togail nan goireasan cruthachaidh dealain. Bidh na prògraman sin a' cruthachadh àrd-ùrlar fìor fhreagarrach airson tasgadh susbainteach, cruthachadh obraichean, agus fàs eaconamach ionadail. Bheir leasachadh phròiseactan gaoithe aig muir seachad chan e a-mhàin lùths glan ach brosnachaidh e an t-sèine-solair ionadail cuideachd, a' tàladh chompanaidhean gus an obair aca a stèidheachadh agus a chumail an seo.

A bharrachd air cumhachd na gaoithe, tha comas air leth aig a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan airson cumhachd nan tonn is na tìde-mhara. Tha Wave Energy Scotland air soirbheachadh gu mòr mar-thà a thaobh a phrògram leasachadh teicneòlais agus e cuideachd a' tàladh ionmhas bhon roinn phrìobhaidich. Tha an teicneòlas a' tighinn gu ìre ùr de chomas coimeirsealta le comas a bhith a' co-shuidheachadh gnìomhachasan le leasachaidhean gaoithe air bhog gus cuideachadh le bhith a' fuasgladh leasachadh coimeirsealta aig sgèile. Le rannsachadh is tasgadh leantainneach, agus barrachd cruthachadh dealain tìde-mhara aig ìre choimeirsealta air faire, tha comas aig roinn lùths na mara chan ann a-mhàin a bhith a' cruthachadh cumhachd gun charbon ach cuideachd a bhith a' toirt fàs air an t-sèine-solair agus a' cruthachadh cothroman cosnaidh ann an saothrachadh, stàladh agus cumail suas innealan lùth mara.

A bharrachd air sin, tha an roinn ann an deagh shuidheachadh gus gabhail ri dèanamh haidridein mar phrìomh fhàirt den eadar-ghluasad lùths nàiseanta. Tha haidridean air tighinn am bàrr mar roghainn ghealltanach airson a dhol an àite connadh fosail, gu sònraichte ann an roinnean leithid còmhdhail agus

teasachadh a bharrachd a ghabhas prògramadh. Faodaidh pailteas stòrasan ath-nuadhachail leithid cumhachd na gaoithe is na tìde-mara haidridean uaine a dhèanamh tro eileagtroilis a chur an comas, a' cur ri eaconamaidh dì-charbonaichte. Tha an sgìre na dachaigh mar-thà do dheuchainnean agus taisbeanadh cudromach ann an dèanamh, stòradh, sgaoileadh agus cleachdadh haidridean uaine, a' fàgail gu bheil an t-slighe ann airson a sgaoileadh aig ìre coimeirsealta agus aig an aon àm a bhith a' cleachdadh nan sgìlean agus an t-eòlas gus taic a chumail ri leasachadh na RA agus eadar-nàiseanta. Mar sin tha an roinn haidridein ùr a' toirt cothrom dhan Ghàidhealtachd is do na h-Eileanan goireasan dèanamh haidridean a leasachadh, tasgadh a thàladh, agus bun-structar haidridein a chruthachadh a bhrosnaicheas fàs eaconamach agus cruthachadh obraichean air feadh na sgìre gu lèir.

Bidh Saor-phort Uaine Inbhir Nis is Linne Chrombaigh mar mheadhan gus a' bhuaidh as fheàrr fhaighinn bho eaconamaidhean gaoithe aig muir agus haidridean uaine. Bidh seo na stòras a bharrachd cudromach nar seata innealan eaconamach sgìreil agus, còmhla ri stòrasan puirt is cala cudromach, libhrigidh e buannachdan air feadh na roinne agus nas fhaide air falbh.

Is e dùbhlán mòr a tha fhathast ri fuasgladh air feadh na roinne gu lèir bochdainn connaidh. Ged nach eil fuasgladh simplidh ann, feumaidh fòcas seasmhach a bhith air a' chomas againn tòrr a bharrachd cumhachd a dhèanamh nas urrainn dhuinn a chleachdadh, agus sinn ag obair le com-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil buannachdan bho phròiseactan cumhachd air an cur gu àiteachan far a bheil feum ionadail soilleir, thar nam bliadhnaichean ri teachd.

Tha na cothroman, builean agus buaidhean a tha sinn a' cur an cèil an urra ri dìon agus àrdachadh nan stòrasan nàdarra ro-chudromach, leasachaidhean air bun-structar a' ghriod, luchd-obrach, sgìlean agus bun-structair comasachaidh.

## AMASAN RO-INNLEACHDAIL

1. Tha an sgìre air aithneachadh barrachd, agus tha luach ga cur ann, mar dheagh eisimpleir airson cumhachd ath-nuadhachail agus airson ùr-ghnàthachadh beag-carboin.

2. Thathar a' tuigsinn an luach agus nan cothroman a tha an lùib stòrasan nàdarra na sgìre agus tha iad nam meadhan airson tasgadh sòisealta is ionmhais

3. Tha an sgìre agus a coimhearsnachdan air gabhail ris an eadar-ghluasad chothromach gu cothromachadh-carboin agus tha iad air a luathachadh agus tha iad a' fàs nas ath-leumaiche

**Tagradh** - cuir an cèill cothroman agus bacaidhean sònraichte dhan sgìre a thaobh a bhith a' cur cumhachd ath-nuadhachail an gnìomh agus di-charbonachadh na sgìre, le fòcas sònraichte air dèiligeadh ri uingealachaidhean grìod, gabhail ri teicneòlas ann an sgìrean dùthchail, agus tasgadh ann am bun-structar riatanach gus taic a thoirt dhan ghluasad gu cothromachadh-carboin.

**Tog ar bunait fianais a thaobh cothromachadh-carboin** - cruthaich bun-loidhne an dà chuid airson na roinne airson HIE fhèin airson eimiseanan gas an taigh-ghlainne gus ro-innleachd agus poileasaidhean fhiosrachadh (ro-chudromach a thaobh a bhith a' cumadh dòigh-obrach roinneil HIE, còmhhdhail, teas is cumhachd, agus bacaidhean air gluasad, m.e. dòighean tasgaidh, planadh, feumalachdan luchd-obrach).

**Tog mothachadh air agus broснаich gabhail ris an eadar-ghluasad chothromach gu cothromachadh-carboin** - a' cruthachadh agus a' libhrigeadh prògraman mothachaidh agus trèanaidh mun eaconamaidh chearcallaich agus mu chothromachadh-carboin, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha ag amas air luchd-obrach òga.

**Cuir taic ri togail beartas coimhearsnachd/buannachdan bho chothromachadh-carboin** - cuir ri mothachadh air cothroman stèidhte air nàdar agus cothroman cearcallach do choimhearsnachdan agus cruthaich agus libhrig ro-innleachdan tasgaidh airson prògram nan Eilean le Cothromachadh-carboin.

**Leasachadh cumhachd ath-nuadhachail** - cuir taic ri cur an gnìomh cumhachd ath-nuadhachail agus leasachadh sèine-solair co-cheangailte, le fòcas sònraichte air gaoth aig muir (ScotWind agus INTOG), lùths tuinn is tide-mhara (a' gabhail a-steach tuilleadh teicneòlais agus gnìomhachd malairteach tro Wave Energy Scotland), gaoth air tìr (ath-chumhachdachadh agus cothroman cuairteachaidh) agus dealan-uisge air a phumpadh

**Haidridean** - barrachd fòcas air na cothroman an lùib haidridean uaine, bho thaisbeanadh gu cothroman air às-mhalairt air sgèile mhòr a dh'fhaodadh a bhith ann, a' tuigsinn bhacaidhean teicnigeach agus riaghlaidh, agus a' togail eòlas air cùisean gnìomhachais.

**Cuir taic ri còmhhdhail seasmhach agus ri di-charbonachadh còmhhdhail** - broснаich tasgadh agus gnìomh roinneil tro bhunait fianais leasaichte, taic do phlanaichean siubhail gnìomhach, do thogail adhbharan-gnothaich agus tro bhith a' toirt taic do libhrigeadh phròiseactan.

**Cuir taic ri sùbailteachd agus atharrachadh** - thoir taic do ar gnìomhachasan agus ar coimhearsnachdan gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air cunnartan agus cothroman gnàth-shìde agus eag-eòlasach sgìreil agus àrdaich ath-leumachd a thaobh buaidhean fìor dhroch shìde (gu h-ionadail agus gu cruinneil).

Tha an roinn a' faighinn barrachd buannachd eaconamach is coimhearsnachd bho chumhachd ath-nuadhachail agus bho theas is còmhhdhail di-charbonaichte

Bidh an saor-phort uaine, agus prìomh phuirt eile agus bun-structar nas fharsainge, a' luathachadh an eadar-ghluasad chothromaich nàiseanta gu cothromachadh-carboin.

Tha ar gnìomhachasan agus ar coimhearsnachdan air gabhail ris an eadar-ghluasad chothromach gu cothromachadh-carboin agus tha iad an sàs anns an eaconamaidh chearcallaich.

Tha planaichean tasgaidh nan Eileanan le Cothromachadh-carboin a' luathachadh chothroman do choimhearsnachdan eileanach agus dùthchail gu roinneil agus gu h-eadar-nàiseanta gus buannachd fhaighinn bho eadar-ghluasad chothromach gu cothromachadh-carboin.

Tha na goireasan agus an cumhachd aig ar coimhearsnachdan gus pàirt a ghabhail ann, agus gus buannachd fhaighinn à pròiseactan calpa nàdarra

Cuir ris an uiread de dh'obraichean uaine san eaconamaidh roinneil

## SOIRBHEACHAS PROSPERITY

Tha atharrachadh gun samhail air tachairt anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh. Feumaidh sinn freagairt air èiginn na gnàth-shìde agus an èiginn eag-eòlasach fhad 's a bhios sinn a' freagarrachd ris an RA a' fàgail an AE, buaidhean a' ghalair lèir-sgaoilte agus cosgaisean bith-beò agus gnìomhachas nas àirde.

A dh'aindeoin nan dùbhlain iom-fhillte sin, tha ar gnìomhachasan agus ar coimhearsnachdan air sealltainn gu bheil iad deònach atharrachadh, ùr-ghnàthachadh agus co-obrachadh, gus ath-leumachd a thogail agus airson a bhith deiseil gus dèiligeadh ri adhbharan atharrachaidh san àm ri teachd. Bidh iomlaid fiosrachaidh agus co-obrachadh eadar gnìomhachasan agus an saoghal acadaimigeach, agus thar diofar roinnean agus sèineachan-solair deatamach gus beachdan agus fuasglaidhean ùra a chruthachadh do dhùbhlain chumanta. Tha an roinn air a bhith na co-obraiche eadar-nàiseanta dealasach agus bu chòir dhi cumail oirnn a' sireadh chothroman agus lìonraidhean ùra a chruthaicheas cothroman ùr-ghnàthachaidh, malairt is tasgaidh do dh'iomairtean agus a thogas air a' chliù mhòr a th' againn mar chom-pàirtiche eadar-nàiseanta earbsach agus roinn a tha freagarrach airson tasgadh.

Mheudaich gabhail ri nithean didseatach agus ri teicneòlas gu luath ri linn a' ghalair lèir-sgaoilte agus mar thoradh air atharrachaidhean a bharrachd, gu sònraichte ann an fèin-obrachas, teicneòlasan dàta fìor-ùine agus inntinn fuadain, agus bidh feum air barrachd mothachaidh, tuigse agus taic gus feum a dhèanamh às. Bidh cothroman ùra ag èirigh do dh'iomairtean gus modailean malairteach ùra iomadachadh agus a chur air adhart a chuireas ri farpaiseachd roinneil agus a bhrosnaicheas fàs ann an às-mhalairt. Chan eil teagamh sam bith ann nach atharraich na sgilean agus an t-eòlas a tha riatanach taobh a-staigh iomairtean, agus obraichidh sinn le ar custamairean agus com-pàirtichean gus taic a chumail ri leasachadh luchd-obrach san àm ri teachd. Cuidichidh a bhith a dhèanamh an fheum as fheàrr de thasgadh bhon taobh a-muigh agus a-staigh le bhith a' cumail taic ri ùr-ghnàthachadh agus leudaichidh e a' bhunait eaconamach.

Bidh roinnean stèidhichte leithid biadh is deoch, turasachd, gnìomhachasan cruthachail agus goireasan nàdair fhathast a' cluich pàirt chudromach ann a bhith a' cumail taic ri cosnadh agus do choimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Thèid beartas sgìreil a bhrosnachadh leis an oilthigh shoirbheachail a tha ann, a bharrachd air iomairtean farpaiseach is seasmhach a tha air gabhail ri dùbhlain agus a tha a' togail an cuid gnìomhachasan air eachdraidh agus traidiseanan na sgìre agus air cleachdadh seasmhach de stòrasan nàdarra na sgìre. Tha e air leth cudromach gun gluais roinnean gu cothromachadh-carboin, gus gabhail ris na cothroman ann an eaconamaidh chearcallach agus ri iomadachadh mhodailean gnìomhachais gus cosgaisean a lùghdachadh agus gus dèiligeadh ri treandaichean margaidh. A' freagairt air cothroman cosnaidh caochlaideach agus margaidhean obrach teann, bidh feum aig iomairtean air taic gus cleachdaidhean obrach chothromach a stèidheachadh gus piseach a thoirt air ìrean glèidhidh is tarraing luchd-obrach. Cuiridh na gnìomhan sin gu dìreach ri comann-sòisealta nas cothromaiche agus nas beartaiche.

Tha an sgìre againn ann an suidheachadh gun samhail gus feum a dhèanamh air cothroman ùra inntinneach san eaconamaidh ghluais, ann am fànas agus ann an lùths ath-nuadhachail. Tha stòrasan ùr nach beag air Àrainn Inbhir Nis cuideachd, leithid Ionad Ùr-ghnàthachaidh nan Saidheansan Beatha agus Ionad Ùr-ghnàthachaidh Dùthchail is nan Lighichean-sprèidh, còmhla ris an leudachadh a tha san amharc air Pàirc Saidheans Mara na h-Eòrpa ann an Earra-Ghàidheal, a bheir taic do dh'fhàs ann an saidheansan slàinte dhaoine is bheathaichean agus a bheir comas dhuinn Ro-innleachd Ùr-ghnàthachaidh Nàiseanta na h-Alba a chur an gnìomh. Bidh ùr-ghnàthachadh ro-chudromach ann a bhith a' toirt piseach air tarbhachd, farpaiseachd, prothaid

agus tionnsgalachd. Tha ìrean matha ann de dh'iomairtean gnìomhach ùr-ghnàthach, ach chan eil gnìomhachasan an sàs gu leòr ann an rannsachadh agus leasachadh gus coileanadh agus fàs a thoirt air adhart, agus is urrainn leasachadh agus cothrom air sgilean a bhith na dhùbhlain. Tha bun-structar ùr-ghnàthachaidh mòr ann mar-thà, le barrachd air a planadh, aig an sgìre agus tha ceanglaichean ann ri luchd-comasachaidh nàiseanta, leithid Institiud Saothrachaidh Nàiseanta na h-Alba (NMIS) agus ris na h-ionadan ùr-ghnàthachaidh, a bhios na mheadhan air fàs is leasachadh roinneil, saothrachadh adhartach, agus air an eadar-ghluasad cothromach gu cothromachadh-carboin, agus co-obrachadh gnìomhachais agus acadaimigeach. Le roinn iomairt shòisealta làidir, chan eil e na iongnadh gu bheil ùr-ghnàthachadh sòisealta na phàirt bunaiteach den roinn, gu tric le fòcas air a bhith ag àrdachadh libhrigeadh sheirbheisean, fuasgladh dhuilgheadasan, a' brosnachadh co-obrachadh, agus a bhith a' stèidheachadh a dòigh-obrach timcheall air daoine agus àite.

Is urrainn dhan sgìre togail air a cultar ùr-ghnàthachaidh làidir leis a' ghnìomhachd thionnsgalach iomlan aig ìre thràth as àirde (TEA), le ìrean nam ban nas àirde na na fireannaich agus leis na h-ìrean as ìsle de dh'eagal ro fhàilligeadh ann an Alba. Bha na h-ìrean as àirde san sgìre cuideachd den fheadhainn a bha den bheachd gur e deagh roghainn dreuchd a bh' ann a bhith a' tòiseachadh gnìomhachas. Ag obair gu dlùth le Business Gateway, Techscaler agus com-pàirtichean eile, feumaidh sinn cumail oirnn a' brosnachadh agus a' toirt taic do gnìomhachasan tòiseachaidh is sgèile, gu sònraichte an fheadhainn air an stiùireadh le luchd-tionnsgain òga agus luchd-tionnsgain boireann agus ann an gnìomhachasan as urrainn sèineachan-solair a neartachadh agus dèiligeadh ri fàilligeadh sa mhargaidh.

## GNÌOMHAN

### AMASAN RO-INNLEACHDAIL

Tha barrachd iomairtean agus choimhearsnachdan ùr-ghnàthach agus comasach air atharrachadh gus feum a dhèanamh de chothroman agus bho bhith a' gluasad gu cothromachadh-carboin, a' cur ri tarbhachd agus ri sunnd.

Tha a' bhunait eaconamach air iomadachadh, air a neartachadh agus nas seasmhaiche ri buillean eaconamach agus atharrachadh teicneòlach

**Leasachadh roinne** - dòigh-obrach stèidhichte air siostaman a chleachdadh gus taic a thoirt do roinnean a tha stèidhichte agus a tha a' tighinn am bàrr, a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-eadar-theachdan againn a' luathachadh ùr-ghnàthachadh agus ag àrdachadh co-obrachadh, agus a' toirt taic do thuras na sgìre a dh'ionnsaigh cothromachadh-carboin agus eaconamaidh sunnd. Tog mothachadh air prionnsapalan agus luach obair chothromach gus taic a thoirt do tharbhachd agus gus tàlant a thàladh agus a chumail.

**Thoir taic do chomas agus comas-libhrigidh ùr-ghnàthachaidh** - broснаich agus luathaich iomlaid eòlais agus cruthachadh agus cur an gnìomh bheachdan, phròiseasan agus thoraidhean ùra taobh a-staigh iomairtean le bhith a' comasachadh co-obrachadh eadar gnìomhachasan, iomairtean sòisealta agus an saoghal acadaimigeach taobh a-staigh roinnean, agus a' comharrachadh thùsan agus a' toirt taic do chothrom air tasgadh ùr-ghnàthachadh bhon taobh a-muigh.

**Brosnaich saothrachadh adhartach agus a bhith a' gabhail ri teicneòlas/nithean didseatach** - ag obair le com-pàirtichean, ag àrdachadh astar gabhail ri teicneòlasan ùra agus dàta le bhith ag àrdachadh mothachadh agus tuigse air mar a ghabhas an cleachdadh gu practaigeach agus le bhith a' brosnachadh iomairtean gus na modalan gnìomhachais aca atharrachadh agus gus tarbhachd adhartachadh.

**Cuir ùr-ghnàthachadh sòisealta an comas** - a' brosnachadh a bhith a' cruthachadh dhòighean-obrach, sheirbheisean agus thoraidhean gus dèiligeadh ri dùbhlain shòisealta agus gus cur ri eaconamaidh sunnd.

**Cuir ri tionnsalachd** - a' cur ri gnìomhan fo cholbh nan Daoine, obraichidh sinn gu dlùth le com-pàirtichean gus iomairtean ùra a bhrosnachadh agus fhàs tro chomhairle, cothrom air ionmhas, lìonrachadh agus a bhith a' cruthachadh modailean gnìomhachais, a' gabhail a-steach modailean co-sheilbh in-ghabhalach gus taic a chumail ri togail beartas coimhearsnachd.

**Meudaich malairt, tasgadh a-staigh agus a-muigh** - leasaich às-mhalairt ùr agus aig ìre thràth agus àrdaich an taic do luchd-às-mhalairt sgileil tro SDI agus Riaghaltas na RA. Obraich còmhla ri luchd-tasgaidh taobh a-staigh na sgìre gus cothroman a chruthachadh airson tuilleadh tasgadh agus co-obrachadh roinneil. Meudaich eòlas air tasgadh, broснаich iartas airson tasgadh, agus cuir taic ri ruigsinneachd air tasgadh.

**Cum taic ris an eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin** - obraich le roinnean agus iomairtean gus tuigse fhaighinn air mar a ghluaiseas iad gu cothromachadh-carboin, gus sùil a chumail air an lorg carboin aca, agus ar goireasan a chleachdadh gus an t-slighe sin a luathachadh.

**Leasaich sèineachan-solair** - cuir ri comas agus comas-libhrigidh taobh a-staigh sèineachan-solair ionadail agus roinneil, a' dèanamh cinnteach gun urrainn do dh'iomairtean ionadail pàirt a ghabhail ann, agus taic a thoirt do dh'fhàs prìomh roinnean san sgìre.

**Brosnaich lìonraidhean, co-obrachadh agus cruinneachaidhean** - a' togail air lìonraidhean farsaing HIE, a' comharrachadh agus a' leudachadh chothroman airson a bhith a' co-roinn eòlais agus co-obrachadh a bheir comas do dh'ùr-ghnàthachadh agus fàs gnìomhachais san roinn, agus gu h-eadar-nàiseanta.

## TORAIIDHEAN

Tha na prionnsapalan bunaitheach agus cleachdaidhean a thaobh obair chothromach freumhaichte san eaconamaidh

Tha planaichean leasachaidh roinneil gan stèidheachadh agus a' dol air adhart, a' togail chruinneachaidhean sàr-mhathais

Meudachadh ann an tarbhachd gnìomhachais agus ùr-ghnàthachadh

Meudachadh ann an cothroman cosnaidh àrd-inbhe

Piseach air ìrean tòiseachaidh gnìomhachasan is mairsinneachd ghnìomhachasan

Tha an sgìre air aithneachadh mar àite air leth math airson gnìomhachas agus tasgadh a-staigh

Barrachd co-obrachaidh agus iomlaid eòlais

# A' LIBHRIGEADH AR RO-INNLEACHD

## DELIVERING OUR STRATEGY

Gus ar lèirsinn a libhrigeadh bidh sinn for-ghnìomhach agus freagairteach, a' dèanamh cinnteach gun libhrig sinn airson gach pàirt den sgìre againn, do na custamairean agus dhan luchd-ùidh againn. Togaidh sinn air na tasgaidhean agus na soirbheasan a bh' againn roimhe agus air na bunaitean co-obrachail sàr-mhath a chaidh a stèidheachadh còmhla ri ar com-pàirtichean.

Feumaidh sinn am feum as fheàrr a dhèanamh de na goireasan againn, am mheudachadh agus am prìomhachasachadh, gu h-àraidh leis an àrainneachd fhiosgail dhùbhlanach agus às dèidh call maoinachadh luachmhor bhon AE. Tha e deatamach gum faighear tasgadh bhon taobh a-muigh do na custamairean againn agus dhan roinn. Tha sinn fortanach gu bheil an uiread de stòrasan againn. Tha ar luchd-obrach eòlach agus comasach air an stiùireadh le dealas co-roinnte gus an dìcheall a dhèanamh airson na sgìre aca. Tro na h-ochd Sgiobaidhean Sgìreil againn, bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn ceangailte ri ar coimhearsnachdan agus eaconamaidhean ionadail. Tha ar cruinneachadh thogalaichean farsaing a' comasachadh ùr-ghnàthachadh agus leasachadh eaconamach is coimhearsnachd agus a' dèiligeadh ri fàilligeadh sa mhargaidh, gu sònraichte nar n-eilean agus sgìrean dùthchail.

Bidh an dòigh sam bidh sinn a' libhrigeadh nam builean againn diofraichte agus a rèir ar raon-ùghdarras, na com-pàirtichean againn, an àrainneachd obrachaidh agus na feumalachdan againn. Minichidh ar planaichean obrachaidh bliadhna prìomh ghnìomhan agus dhleastanasan airson na bliadhna a tha romhainn.

Tha na prionnsapalan obair chothromach freumhaichte againn, a' gabhail a-steach dòigh-obrach shùbailte a thaobh obair a tha freagarrach do theaghlaicean is luchd-cùraim, air deagh bhuaidh a thoirt ar HIE: a' tàladh raon nas fharsainge de thàlant eadar-mheasgte, a' cumail luchd-obrach, a' leasachadh cliù gnìomhachais agus a' cruthachadh luchd-obrach nas toilichte agus nas gnìomhaiche. Bidh iad sin fhathast mar bhunait air na bhios sinn a' libhrigeadh.

A' cur fòcas air a bhith a' cruthachadh nam builean as fheàrr bho gach eadar-theachd, agus a' leudachadh ar ruigsinneachd air feadh na sgìre, nì sinn am feum as fheàrr de na goireasan agus innealan a' cleachdadh ar:

- **Daoine** - le eòlas ionadail, sgìreil agus roinneil, sgilean agus gnàth-eòlas, ceannardas agus dealas
- **Com-pàirteachas** - a' cur eòlas, stòrasan, so-mhaoinean còmhla gus co-obrachadh gus eadar-dhealachadh a dhèanamh
- **So-mhaoinean** - a' cur fòcas air a bhith a' faighinn bhuannachdan bho thasgaidhean bun-structair a rinneadh roimhe, a' meudachadh a' chomas agus an luach taisbeanaidh aca agus a' cleachdadh innealan didseatach gus conaltradh a mheudachadh
- **Tasgadh** - a' meudachadh tasgadh a-staigh agus a-muigh a' brosnachadh iarrtas, a' cleachdadh diofar ionnstramaidean ionmhasail
- **Fianais** - a' dèanamh cinnteach gu bheil an sgìre, ar gnìomhachasan agus ar coimhearsnachdan air an deagh thuigsinn agus gu bheil fianais air a chleachdadh gus buaidh a thoirt air agus taic a thoirt do fhreagairtean èifeachdach



### Ceannard

A' cumadh agus a' stiùireadh **phoileasaidhean, ro-innleachdan agus fianais co-roinnte. Libhrigeadh dìreach** de phrògraman no eadar-theachdan.



### Co-shealbhadair

Tha na h-aon ghnìomhan mar stiùiriche ach **mar chom-pàirtiche, seach prìomh dhràibhear**



### Bròcair - Comasaiche

Tagradh, a' toirt buaidh agus **a' togail cho-bhanntachdan. A' ceangal luchd-ùidh**, a' cur ris a' bhunait fianais, a' cur ri dealbhadh poileasaidh agus a' cuideachadh libhrigeadh phrògraman.



Companaidh Fearainn Coimhearsnachd Bhòid



## PARTNERSHIP COM-PÀIRTEACHAS

Chan urrainnear a bhith a' coileanadh nan àrd-amasan agus a' dèiligeadh ris na dùbhlain agus na cothroman a tha air am mìneachadh san ro-innleachd againn ach a-mhàin tro cho-obrachadh, a' gabhail a-steach com-pàirteachas leis an riaghaltas agus thairis air na roinnean prìobhaideach, poblach agus an treas roinn.

Tha rùn aig HIE a bhith nar com-pàirtiche luachmhor dhan a h-uile duine aig a bheil pàirt dheimhinneach ann a bhith a' cur air adhart leasachadh eaconomach is coimhearsnachd air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Tha seo na fheart leantainneach den dòigh-obrach againn, a tha follaiseach nar dàimhean leis na stiùirichean gnìomhachais agus coimhearsnachd ionadail dham bi sinn a' toirt taic; nar dlùth-obrachadh leis an oilthigh roinneil againn OGI, ann a bhith a' libhrigeadh phròiseactan sònraichte bho Shealtainn gu Earra-Ghàidheal; ann am buidhnean foirmeil leithid com-pàirteachasan planadh coimhearsnachd, agus iomairtean le raon-ùghdarras ionadail, mar eisimpleir Focus North.

Leanaidh sinn oirnn a' gabhail pàirt gnìomhach ann an grunn chom-pàirteachasan seasmhach a tha air a bhith mar mheadhan air a bhith a' tagradh airson na sgìre, a' planadh, a' leasachadh agus a' libhrigeadh. Tha iad sin a' gabhail a-steach Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean, a tha a' toirt seachad fòram cudromach airson com-pàirtichean a bhith ag obair gu dlùth le Riaghaltas na h-Alba – a' togail chùisean, a' co-roinn bheachdan agus a' cur ghnìomhan air dòigh. Air a stèidheachadh bho chionn ghoirid, tha Com-pàirteachas Eaconomach Roinneil na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIREP) air gluasad bho na miannan aig càch a chèile le ar n-ùghdarrasan ionadail agus com-pàirtichean nas fharsainge gus ìomhaigh na sgìre àrdachadh, a bhith ag adhartachadh a feumalachdan agus a leas agus a' suidheachadh phrìomhachasan airson co-obrachadh agus gnìomhachd roinneil.

Gu nàiseanta, cumaidh sinn oirnn ag obair ann an co-chòrdadh ri ar com-pàirtichean ann am buidhnean iomairt is sgìlean, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach eile air libhrigeadh NSET agus a' freagairt ris an fheum gus libhrigeadh taic iomairt ùrachadh. Bidh seo a' gabhail a-steach na tha sinn a' cur ri soirbheachas a' Chom-pàirteachais Taic Gníomhachais (BSP), aig a bheil cleastanas ro-chudromach ri coileanadh. Tha am BSP air co-obrachadh a mheadachadh thar nam prìomh bhuidhnean libhrigidh leasachadh eaconomach agus cumaidh e air a' cuimseachadh air a bhith a' leasachadh ruigsinneachd, cuimseachadh agus èifeachdas taic: prìomh amas ann am Prògram Cultar Libhrigidh NSET. Thèid builean a neartachadh tro bhith a' cur eòlas, gnàth-eòlasan, sgìlean, goireasan agus buaidh còmhla.



## A' TOMHAS AGUS A' COILEANADH LUACH AS FHEÀRR

### MEASURING AND ACHIEVING BEST VALUE

Tha tuigse air an eadar-dhealachadh a tha sinn a' dèanamh bunaiteach ann a bhith a' fiosrachadh ar poileasaidh agus ar co-dhùnaidhean agus a' toirt cothrom dhuinn dèiligeadh ri atharrachaidhean ann am poileasaidh an riaghaltais agus san t-suidheachadh eaconamach. Tha sinn air ar frèama tomhais agus ar dòigh-obrach atharrachadh gus an luach as fheàrr a choileanadh gus taic a thoirt dhan ro-innleachd ùr againn. Leanaidh sinn oirnn a' tarraing air ar n-eòlas farsaing agus sinn cuideachadh a' leasachadh dhòighean agus innealan ùra a chuireas ri ar comas gus taic agus tuigse nas fheàrr fhaighinn air a' bhuidh a tha againn air an sgìre, na tha sinn a' cur ris an Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach (NSET) agus gus ar sgeulachd innse.

Tha an dòigh tomhais againn ioma-thaobhach. Tha dàta sgrùdaidh is measaidh a' toirt cothrom dhuinn dearbhadh a bheil pròiseactan agus prògraman fa leth air na builean ris am biodh dùil a libhrigeadh. Bidh prìomh cheumannan agus targaidean, air an ùrachadh gach bliadhna mar phàirt den phlana obrachaidh againn, air an cleachdadh còmhla ri ceumannan tracadh gus adhartas chustamairean a thuigsinn agus gus cothroman eadar-theachd a chomharrachadh ann an raointean a tha air an comharrachadh mar dhràibhear tarbhachd, ath-leumachd agus fàis. Cleachdaidh sinn tracadh san fhad-ùine gus tuigse fhaighinn air a' bhuidh san fhad-ùine aig ar tasgaidhean ann am bun-structar agus san taic againn do choimhearsnachdan far am faod libhrigeadh phròiseactan agus coileanadh bhuannachdan leudachadh thar raointean-ama nas fhaide.

Bidh sinn a' sònrachadh mar a tha sinn a' libhrigeadh a rèir feumalachdan diofar phàirtean den roinn againn agus bidh sinn a' toirt prìomhachas do phròiseactan aig a bheil comas

buaidhean mì-chuimseach a libhrigeadh. Gheibh seo taic bho chomas leasaichte gus measadh a dhèanamh air buaidh nam pròiseactan a thaobh na buaidh aca air fàs in-ghabhalach agus cuiridh seo an cèill na tha HIE a' cur ris an eaconamaidh sunnd. Tha sinn an dùil gun cuir an dòigh-obrach seo luach mòr ri bhith a' riarachadh stòrasan san dòigh as fheàrr air feadh na roinne a bharrachd air a bhith a' cuideachadh le bhith a' comharrachadh far a bheil barrachd oidhirp a dhith.

A' cleachdadh nam modhan tomhais seo, còmhla ri fianais a fhuaras tro ar rannsachadh agus luachadh, bidh e comasach dhuinn sùil a chumail air adhartas a dh'ionnsaigh nam builean a tha sinn a' cur an cèill san ro-innleachd seo agus na ceumannan soirbheachais fad-ùine gus ar lèirsinn a thoirt gu buil.

Chan urrainnear na builean againn a choileanadh ach tro bhith ag aithneachadh eisimeileachdan, a' cur ghnìomhan còmhla thar nan ceithir colbhan den fhrèama againn agus a' stèidheachadh nan cuspairean tar-ghearrach. Gheibh HIE an luach as fheàrr tro bhith:

- Tàladh, glèidheadh agus leasachadh sgioba-obrach eadar-mheasgte, àrd-choileanaidh;
- Cleachdadh ghoireasan agus so-mhaoinean san dòigh as fheàrr a' cleachdadh bunait fianais làidir;
- Atharrachadh ar dòigh-obrach nuair a bhios sin a dhith agus a' toirt seachad fuasglaidhean stèidhichte air àite;
- Cleachdadh dàta agus teicneòlas didseatach barrachd;
- Bathar agus seirbheisean a tha freagarrach airson an adhbhair aca;
- Co-obrachadh agus com-pàirteachadh èifeachdach;
- Pròiseasan nas simplidhe agus nas èifeachdaiche;
- Sealltainn èifeachdas tro lèirsinn, tomhas agus luachadh.

# A' CO-OBACHADH AIRSON SOIRBHEAS

AR  
MEASADH

LUACH AN AIRGID

MEASADH

TRACADH SAN  
FHAD-ÙINE

NA THA E A'  
CUR RIS AN  
EACONAMAIDH  
SUNND

## COMHARRAN SOIRBHEIS SAN FHAD-ÙINE

Fàs sluaigh cothromach	Barrachd ath-leumachd coimhearsnachd agus eaconamach	A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan a' cur barrachd ri cothromachadh-carbon san RA	Barrachd farpaiseachd eaconamach
Lùghdachadh air a' ghainnead luchd-obrach	Coimhearsnachdan nas beartaiche agus nas seasmaiche	Beachdan agus tuigse nas fheàrr air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan	Comas atharrachaidh nas fheàrr aig gnìomhachasan na sgìre
Barrachd glèidhidh agus tarraing tàlant stèidhichte air àite	Tuigse nas fheàrr air cothroman san fhad-ùine	Barrachd co-leanailteachd roinneil/obair com-pàirteachas a' tachairt	Meudachadh air GVA agus air an tuarastal chuibheasach

## FRÈAMA RO-INNLEACHDAIL – BUILEAN NAN COLBHAN

## PRÌOMH CHEUMAN

Cothromachadh-carboin	Fàs iomairtean agus Ùr-ghnàthachadh	So-mhaoinean agus tasgadh calpa	Fastadh	Togail Beartas Coimhearsnachd
-----------------------	-------------------------------------	---------------------------------	---------	-------------------------------

## A' CUMAIL SÙIL AIR ADHARTAS CHLIANTAN

Obair Chothromach – Cothromachadh-carboin  
- Tarbhachd - Ùr-ghnàthachadh

BUNAIT  
FIANAIS  
AIR AN TAOBH  
A-MUIGH

FÀISNEIS  
EACONAMACH

RANNSACHADH



# CLÀR-MÌNEACHAIDH

## GLOSSARY

- Bun-structair comasachaidh - bun-structar a tha deatamach airson taic a thoirt do leasachadh coimhearsnachd agus eaconamach leithid còmh-dhail, taigheadas, didseatach, foghlam, togalaichean malairteach is gnìomhachais agus goireasan coimhearsnachd.
- Calpa nàdarra – goireasan nàdarra, goireasan àrainneachdail agus eag-shiostam a bheir buannachdan sòisealta, àrainneachdail agus eaconamach do dhaoine. Tha seo a’ gabhail a-steach geòlas, ùirean, èadhar, uisge agus gach fàs-bheairt beò.
- Cothromachadh-carbon (*net zero*) – tha cothromachadh carboin a’ ciallachadh a bhith a’ gearradh eimiseanan gas an taigh-glainne cho faisg air neoni ’s a ghabhas, le eimiseanan sam bith a tha air fhàgail air an toirt a-steach às an àile, le cuantan, mòinteach agus coilltean, mar eisimpleir.
- Cumhachan – a’ cur riathanas an sàs a dh’fheumar coileanadh gus maoinachadh fhaighinn bhon roinn phoblaich.
- Cùmhnantan Fàs – pasgan maoinachaidh air a libhrigeadh le com-pàirteachasan ionadail agus air aontachadh eadar Rìaghaltsan na h-Alba agus na RA agus ùghdarrasan ionadail gus fàs seasmhach agus in-ghabhalach a thoirt air adhart.
- Eaconamaidh Ghorm - farsaingeachd de roinnean eaconamach agus poileasaidhean co-cheangailte riutha a tha ag amas air cleachdadh tarbhach de ghoireasan mara, agus aig an aon àm a’ leantainn riaghladh seasmhach àrainneachdail, sòisealta agus eaconamach. Taobh a-staigh co-theacsa na Gàidhealtachd is nan Eilean, tha an Eaconamaidh Ghorm a’ gabhail a-steach: Àiteachas-uisge; Iasgach; Giullachd biadh mara; Cumhachd mara ath-nuadhachail; Ola agus gas; dì-choimiseanadh; Mèinneadh grunnnd na mara; bith-theicneòlas mara agus bio-ghiullachd; Seirbheisean àrainneachd mara; Còmh-dhail mara agus togail shoithichean; agus turasachd mara is cladaich.
- Eaconamaidh sunnd - eaconamaidh a tha a’ toirt prìomhachas do dhaoine agus dhan phlanaid seach a bhith ag amas a-mhàin air fàs eaconamach, agus far a bheilear a’ sireadh leasachadh eaconamach seasmhach, cothromach agus co-ionann.
- Eadar-ghluasad Cothromach – a’ dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde agus a’ gluasad gu eaconamaidh uaine ann an dòigh a tha cho cothromach agus cho in-ghabhalach ’s a ghabhas dhan a h-uile duine.
- Fàs in-ghabhalach - fàs eaconamach a tha air a chluathachadh gu cothromach thairis air a’ chomann-shòisealta agus a tha a’ cruthachadh chothroman do na h-uile.
- GVA - Luach Iomlan air a Chur ris (*Gross Value Added*) - an t-eadar-dhealachaidh eadar luach bathair is sheirbheisean a chaidh a dhèanamh agus cosgais stuthan amh agus ion-churan eile a thathar a’ cleachdadh ann a bhith a’ dèanamh a’ bhathair agus nan seirbheisean sin.
- INTOG - Ùr-ghnàthachadh agus Ola is Gas Cuimsichte - *Innovation and Targeted Oil and Gas* - cuairt màil airson pròiseactan gaoithe aig muir a lùghdaicheas eimiseanan bho bhith a’ dèanamh ola is gas agus a tha a’ brosnachadh barrachd ùr-ghnàthachaidh.
- Iomairt Bheag is Mheadhanach - buidheann sam bith aig a bheil nas lugha na 250 neach-obrach agus teachd-a-steach nas lugha na €50 millean no clàr cothromachaidh nas lugha na €43 millean (mìneachadh an Aonaidh Eòrpaich).
- Obair chothromach – cosnadh tèarainte le pàigheadh agus cùmhnantan cothromach, far a bheil luchd-obrach air an cluinntinn agus air an riochdachadh, air an làimhseachadh le spèis agus le cothroman gus adhartas a dhèanamh.
- R&L (*R&D*)- rannsachadh agus leasachadh – gnìomhachd a chruthaicheas toraidhean, eòlas, pròiseasan, dòighean-obrach no seirbheisean ùra, no a bheir gu buil leasachaidhean air an fheadhainn a th’ ann mar-thà.
- ScotWind – pròiseas màil a thug cothrom do luchd-leasachaidh tagradh a dhèanamh airson còraichean grunnnd na mara far costa na h-Alba airson tuathanasan-gaoithe a phlanadh agus a thogail.
- SDI - Scottish Development International - Leasachadh na h-Alba Eadar-nàiseanta - buidheann a tha a’ brosnachadh Alba mar àite airson tasgadh agus malairt.
- Sòn Dàta - sgìre cruinn-eòlasach a thathar a’ cleachdadh gus cunntas a thoirt air staitistig airson sgìrean beaga, mar as trice sòn anns a bheil eadar 500 gu 1,000 luchd-còmhnaidh.
- Stèidhichte air àite – dòighean-obrach a tha ag amas air na daoine, agus air feartan, feumalachdan agus cothroman sònraichte a th’ aig àite.
- Tasgadh a-staigh – tasgadh bho chompanaidh no institiud le prìomh oifisean taobh a-muigh na h-Alba a tha a’ stèidheachadh bunait obrachaidh taobh a-staigh na h-Alba, a’ cruthachadh obraichean agus tasgadh calpa co-cheangailte ris. Tha am facal ‘tasgadh a-steach’ a’ còmh-dach gach cuid tasgadh dìreach à thall thairis agus tasgadh coltach ris bhon chòrr den RA a-steach a dh’Alba.
- TEA - [ìre gnìomhachd tionnsgalach iomlan aig ìre thràth - total early-stage entrepreneurial activity](#) - tha seo a’ tomhas a’ chuibhrinn den t-sluagh aig aois obrach a tha gu gnìomhach a’ feuchainn ri gnìomhachas a thòiseachadh, no aig a bheil sealbh air, agus a tha a’ riaghladh gnìomhachas a tha nas òige na trì bliadhna gu leth a dh’aois.
- Togail beartas coimhearsnachd - dòigh-obrach airson eaconamaidh a thogail a chumas barrachd beartas, soirbheachas agus cothrom airson leas muinntir an àite tro chòig prìomh phrionnsabalan:
  - Iomadachd de shealbh air an eaconomaidh
  - A’ dèanamh cinnteach gun obraich cumhachd ionmhasail do sgìrean ionadail
  - Cosnadh agus margaidhean obrach cothromach
  - A’ solarachadh bathar is sheirbheisean gu h-adhartach
  - A’ cleachdadh fearann agus seilbh ann an dòigh a tha tarbhach gu sòisealta





Highlands and Islands Enterprise  
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean